

MAIN
*Multilingual Assessment Instrument
for Narratives*

N. Gagarina, D. Klop, S. Kunnari,
K. Tantele, T. Välimaa,
U. Bohnacker & J. Walters

Scottish Gaelic Version

Translated and adapted by
Vasiliki Chondrogianni & Morna Butcher
(based on the revised version in English)

© ZAS Papers in Linguistics 64 (2020)

How to cite this version:

Chondrogianni, V., & Butcher, M. (2020). Adapting the Multilingual Assessment Instrument for Narratives (MAIN) to Scottish Gaelic. *ZAS Papers in Linguistics*, 64, 69–76 (see this chapter for more information on the Scottish Gaelic version).

Gagarina, N., Klop, D., Kunnari, S., Tantele, K., Välimaa, T., Bohnacker, U. & Walters, J. (2019). MAIN: Multilingual Assessment Instrument for Narratives – Revised. Materials for use. *ZAS Papers in Linguistics*, 63. Scottish Gaelic Version. Translated and adapted by Chondrogianni, V., & Butcher, M.

MAIN: Scottish Gaelic Version

Ionnsramaid Measaidh Ioma-chànanach do Mhodhan-aithris (IMIM): Tionndadh Gàidhlig

Vasiliki Chondrogianni & Morna Butcher

Chaidh an Ionnsramaid Measaidh Ioma-chànanach do Mhodhan-aithris (IMIM) a dealbhadh ann an 2012 gus sgilean aithris na cloinne a tha a' togail barrachd na aon chànan bho àm am breith no bho thràth-aois, a mheasadh. Chaidh IMIM a leasachadh airson a chleachdadh le clann bho aois 3 gu 10 bliadhna sa mhòr-chuid; chaidh dearbhadh o chionn ghoirid gu bheil e cuideachd freagarrach a chleachdadh le clann nas sine, deugairean agus inbhich. Tha e a' measadh mar a tha iad a' tuigsinn agus a' cruthachadh modhan-aithris agus tha a chruth a' ceadachadh cothrom air measadh a dhèanamh air grunn chànanan leis an aon phàiste, a thuilleadh air diofar dhòighean aithrisean labhairt fhaighinn bhuapa: Sgeulachd Modail, Ath-aithris agus Aithris. Chaidh an tionndadh o 2012 a leasachadh mar phaidhleat, airson fheuchainn le còrr is 500 neach-cloinne eadar aois 3 gu 10 bliadhna a tha aon-chànanach agus dà-chànanach, airson 15 cànanan agus measgachaidhean de chànanan.

Ann an 2019, bha an tionndadh Beurla air ath-leasachadh stèidhichte air còrr is 2,500 tar-sgrìobhaidhean de dh'aithrisean IMIM a bharrachd air timcheall air 24,000 freagairtean ri na ceistean tuigse IMIM, a chaidh an tional bho mu 700 neach-cloinne a tha aon-chànanach agus dà-chànanach eadar 2013-2019 sa Ghearmailt, An Ruis agus An t-Suain. Tha an tionndadh Gàidhlig seo stèidhichte air an tionndadh Beurla as ùire bho 2019.

Tha IMIM air a dhèanamh suas de cheithir sgeulachdan co-shìnte - le sreath de shia dealbhan, a chaidh a chruthachadh ann an dòigh shònraichte, anns gach tè dhuibh. Tha smachd air na sgeulachdan a thaobh ioma-fhillteachd chognatach agus chànanach, co-shìnteachd ann am mòr-structar agus meanbh-structar, a thuilleadh air iomchaidheachd agus neart cultarach.

Ged nach deach IMIM a ghnàthachadh fhathast, thèid na modhan-obrach bun-thomhasaichte an cleachdadh airson measadh, eadar-thaic agus adhbharan rannsachaidh. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air mar bu chòir IMIM a chleachdadh, anns a' chaibideil "*Background on MAIN – Revised, how to use it and adapt it to other languages*" (written in English) in *ZAS Papers in Linguistics* 63 (2019, pp. iv-xii). Gheibhear gu seo tro: <https://zaspil.leibniz-zas.de/issue/view/53>.

An lùib an sgrìobhainn seo tha:

- Stiùireadh airson measadh
- Pròtacalan, Duilleagan Sgòraidh airson *An Cat*, *An Cù*, *Na h-Iseanan*, agus *Na Gobhair Bheaga*
- Ceistean Cùl-fhiosrachaidh
- Sgrìobtaichean nan sgeòil

Stiùireadh airson Measadh

Tha IMIM freagarrach do chlann eadar aois 3 gu 10 bliadhna a tha dà-chànanach agus aon-chànanach, ach thèid a chleachdadh le clann nas sine, deugairean agus inbhich cuideachd. Thèid a chleachdadh airson measadh a dhèanamh air mar a tha clann a' tuigsinn agus a' cruthachadh aithrisean labhairt. Tha cothrom ann a chleachdadh airson diofar dhòighean aithrisean fhaighinn bhon chloinn. Nam measg: Sgeulachd Modail, Ath-aithris agus Aithris. Tha an roghainn cò an tè agus an t-òrdugh (m.e. Sgeulachd Modail/Ath-aithris agus an uair sin Aithris no Aithris a-mhàin) gu mòr a' crochadh air amasan agus feumalachdan a' mheasaidh. (Thèid aig an neach-measaidh an taghadh a dhèanamh).

Chaidh IMIM a dhealbh ann an dòigh agus gun tèid aige air measadh a dhèanamh le aon phàiste ann an grunn chànanan. Faodar tòiseachadh le cànan sam bith. Le clann dà-chànanach, bu chòir fuireach 4 gu 7 làithean eadar am measadh sa chiad chànan agus an dàrna cànan, gus buaidh a bheireas measadh ann an aon chànan air a' chànan eile, agus buaidh trèanaidh is eile a lùghdachadh. Ma ghabhas a dhèanamh, bhiodh e na b'fheàrr mas e 's gur e diofar luchd-sgrùdaidh a bhios a' stiùireadh nam measaidhean airson nan diofar chànanan, gus àrainneachd aon-chànanach a bhrosnachadh agus feuchainn ri suidseadh còd a sheachnadh.

Stuthan


- 4 sreathan de dhealbhan: *Na h-Iseanan*, *Na Gobhair Bheaga*, *An Cat*, agus *An Cù* (bu chòir 3 lethbhreacan de gach sgeulachd a bhith agaibh air an clò-bhualadh ann an dath, gach tè ann an cèis fa leth; 12 cèis gu h-iomlan)
- 4 sgrìobtaichean/teacsaichean brosnachaidh: *Na h-Iseanan*, *Na Gobhair Bheaga*, *An Cat* agus *An Cù*
- Uidheamachd clàraidh (fuaim no bhidio)
- Pròtacalan sgòraidh airson anailis air mòr-structair, briathrachas staid-inntinn agus ceistean tuigse
- Ceistean Cùl-fhiosrachaidh (Ceisteachan do Phàrantan)

Stiùireadh

Mar bu chòir na stuthan a dheasachadh

1. Luchdaich a-nuas na dealbhan bho: www.leibniz-zas.de/en/service-transfer/main
2. Clò-bhuail trì lethbhreacan de gach faidhle PDF (sin gach sgeulachd) ann an dath air pàipear A4, gach dealbh ann am meud 9 x 9 cm.
3. Sgrìobh àireamh 1-6 air cùl nan dealbh.
4. Geàrr a-mach an dà shreath de dhealbhan
5. Glaodh na dealbhan ri chèile, gus am bi na 6 dealbhan ann an aon shreath mar an dealbh gu h-ìosal. Paisg iad dà thuras (dealbh 1, dealbh 2, paisg, dealbh 3, dealbh 4, paisg, dealbh 5, dealbh 6).

Nota: feuch nach geàrr sibh a-mach agus nach cleachd sibh na dealbhan beaga bhon duilleig-stiùiridh.



6. Cuiribh gach sreath de 6 dealbhan ann an cèis fa leth. Cuir comharra ann dath/no ìomhaigh (m.e. dotagan) air na cèisean gus am bi fios agad cò an sgeulachd a th' anns gach cèis.

Mar bu chòir am measadh a dhèanamh

- Dèan cinnteach gu bheil thu fhèin mion-eòlach air pròtacalan na sgeòil agus air an stiùireadh.
- Dèan cinnteach gu bheil an t-inneal-clàraidh agaibh deiseil aig toiseach gnothaich. Bu chòir tòiseachadh a' clàradh mus tòisich sibh a' còmhradh agus a' fàs eòlach air a chèile. Bu chòir an t-seisean gu lèir a chlàradh, a' gabhail a-steach freagairtean a' phàiste airson na ceistean tuigse.
- Bidh mar a thèid an ùine seo a rèir an eòlais a th' agad fhèin agus an àrainneachd chultarach. Fhad 's a tha thu a' còmhradh ris a' phàiste, tog ceangal leis/leatha agus cuir ceist no dhà orra, feuch an tuig iad ceistean a tha sìmplidh (m.e. ceistean le cò, cuin, càite, dè, m.s.a.a). Faighnich ceistean leithid: *Cò an caraaid as fheàrr a th' agad?; Dè bhios tu a' coimhead air an telebhisean? An toil leat sgeulachdan?*
- Dèan cinnteach gu bheil na trì cèisean leis an aon sgeulachd anns gach tè air a' bhòrd mus tòisich am measadh. (Tha seo airson 's gum bi am pàiste den bheachd nach eil for aig an neach-measaidh cò an sgeulachd a th' anns a' chèis a tha iad a' taghadh. Tha seo cuideachd airson buaidh eòlas roinnte a thoirt fa-near fhad 's a thathas a' coimhead air na sreathan de dhealbhan).
- Lean ort leis a' mheasadh a rèir an stiùiridh ann am pròtacalan na sgeòil. Dèan cinnteach gu bheil sibh a' cumail ris na molaidhean a thaobh brosnachaidhean (faic cuideachd na brosnachaidhean gu h-ìosal).
- Fiosrachadh a bharrachd mu bhith ag obair leis na dealbhan: Tron mheasadh, bu chòir don neach-measaidh suidhe mu choinneamh a' phàiste, gus an tèid aig a' phàiste air na dealbhan a chumail ann an dòigh gum faic iadsan iad, 's nach fhaic an neach-measaidh iad. Nuair a bheir iad na dealbhan a-mach airson a' chiad uair, bu chòir iarraidh orra na dealbhan a shìneadh a-mach gus am faic iad gu lèir iad, agus a ràdh riutha: *Coimhead thusa air na dealbhan, 's na seall dhòmhsa iad. Bu chòir gum faic THUSA, a-mhàin, an sgeulachd.* (Mura tèid aig a' phàiste air na dealbhan a chumail agus a shìneadh a-mach iad fhèin, faodaidh tusa an cumail, ach cùm iad gus a bheil iad mu choinneamh a' phàiste agus air falbh bhuaht fhèin).
- Nuair a tha am pàiste deiseil airson an sgeulachd innse, cuidich iad leis na dealbhan a phasgadh ann an trì pàirtean a-rithist. Faodar am pròiseas seo a stiùireadh, gun a bhith a' coimhead air na dealbhan fhad 's a tha grèim aig a' phàiste orra. Iarr orra an uair sin an sgeulachd innse fhad 's a tha iad a' coimhead air a' chiad dà dhealbh. Nuair a tha e/i deiseil le dealbh 1 is 2, thoir stiùireadh seachad air mar a bu chòir an ath dhà dhealbh an sìneadh a-mach (bidh dealbh 1-4 a-nis a-mach). An dèidh dhaibh an sgeulachd airson nan dealbhan seo innse, iarr orra an ath dhà dhealbh an sìneadh a-mach gus a bheil an sgeulachd gu lèir a-nis am follais.
- Aon uair 's gu bheil am pàiste deiseil a bhith ag aithris/ath-aithris na sgeulachd, mìnich dhaibh gum bi ceistean tuigse ann le bhith ag ràdh: *Tha ceist no dhà agam dhut a-nis mun sgeulachd.* Fhad 's a tha thu a' cur na ceistean tuigse orra, dèan cinnteach gu bheil na dealbhan gu lèir am follais agus gun tèid aig a' phàiste agus an neach-measaidh am faicinn air a' bhòrd.
- An dèidh don t-seisean tighinn gu crìoch, dèan tar-sgrìobhadh den aithris, agus cleachd na duilleagan sgòraidh airson sgòr a' phàiste obrachadh a-mach airson labhairt agus tuigse.
- **Cuimhnich:** Chan e liosta slàn de fhreagairtean a tha ri fhaotainn air na duilleagan sgòraidh. Bu chòir puingeann a thoirt seachd nuair a tha co-phàirt mòr-structair (Amas, Oidhirp, Buil, Briathrachas Staid-inntinn) air a thoirt seachad a' cleachdadh briathrachas iomchaidh. Gheibhear comhairle san leabhar-làimhe.

Brosnachaidhean

1. Cha bu chòir an sgeulachd a thòiseachadh dhan phàiste, feuch ri am brosnachadh gu an sgeulachd innse iad fhèin le bhith ag ràdh: *Innis thusa an sgeulachd dhomh* (comharraich an dealbh).
2. Cha bu chòir brosnachaidhean a thoirt seachad, ach a-mhàin an dèidh fuireach airson 10 diogan agus an uair sin, ma tha e coltach nach eil am pàiste a' dol a bhruidhinn. An uair sin faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh *Ceart ma thà... Uill... Siuthad...* Bu chòir a bhith AIR LETH faiceallach gus eadar-dhealachaidhean eadar buidhnean rannsachaidh a sheachnadh (i.e. buaidh an neach-rannsachaidh). Fuirich mu 10 dhiogan, ma tha am pàiste fhathast sàmhach, broснаich iad le bhith ag ràdh: *Innis dhomh na tha a' tachairt*. Ma stadas am pàiste ann am meadhan na sgeòil, feuch ri am brosnachadh gu leantainn orra agus barrachd innse dhut le bhith ag ràdh rudeigin leithid: *Sian sam bith eile? Siuthad, lean ort, Innis tuilleadh dhomh. Am faic sinn dè eile a tha san sgeulachd?*
3. Chan eil an dòigh anns am bi am pàiste a' dèanamh iomradh air na prìomh characteran idir gu diofar; feuch gun am pàiste a cheartachadh. Mura faigh iad lorg air facal airson gnìomh, caractar m.s.a.a., agus ma tha coltas ann nach fhaigh iad seachad air, no ma dh'iarras iad taic, faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh *Faodaidh tu rud sam bith a thogras tu a thoirt air. De bheireas tusa air?*
4. Seachainn a bhith a' faighneachd cheistean leithid:
 - a) *Dè tha e a' dèanamh an seo?, Cò tha a' ruith?*
 - b) *Dè tha seo?, Dè/Cò a chì thu anns an dealbh seo?*(gus nach tèid sruth cànan a' phàiste a bhriseadh, no gus nach tèid buaidh a thoirt air aithris a' phàiste, no leigeil leotha seantansan neo-iomlan a chleachdadh agus airson iomradh air rudan nach eil a' dèanamh ciall gun cho-theacsa a sheachnadh).
5. Mas e 's gun tòisich am pàiste ag innse sgeulachd bhom beatha fhèin m.e. *Chunnaic mi isean coltach ri sin sa mhadainn. no Tha mi a' dol dhan bhùth còmhla ri Mamaidh an dèidh na sgoile.* leig leotha bruidhinn airson ùine ghoirid agus an uair sin iarr orra, gu socair, an sgeulachd stèidhichte air na dealbhan innse. (Cùm am pìos seo a-mach às an anailis).
6. A-rèir 's an t-eòlas agad fhèin agus an àrainneachd chultarach, faodar facal no dhà de bhrosnachadh a thoirt seachad leithid *Glè mhath*, *Ceart gu leòr* an dèidh gach dàrna dealbh (agus mus tèid an ath pìos a shìneadh a-mach). (Bidh seo na chuideachadh airson an neach a tha a' dèanamh an tar-sgrìobhaidh). Seachainn seo mas e 's gu bheil thu den bheachd gum bris seo dòigh-aithris agus smaointean a' phàiste.

Mar (nach) bu chòir coimeas a dhèanamh air toraidhean eadar sgeulachdan

- Nuair a thathas a' dèanamh measadh le pàiste ann an dà chànan, seachain a bhith a' cleachdadh An Cat agus/no An Cù airson aon chànan agus Na h-Iseanan agus/no Na Gobhair Bheaga airson cànan eile.
- Seachain cuideachd a bhith a' cleachdadh An Cat agus/no An Cù aig aon àm-measaidh agus Na h-Iseanan agus/no Na Gobhair Bheaga aig àm-measaidh eile.
- Carson? Chan eil dòigh ann coimeas glan a dhèanamh eadar na sgeòil IMIM anns gach dòigh. Tha rannsachadh a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid air sealltainn gu bheil mion-diofaran eadar-dhealaichte ann eadar na ceithir sgeòil gu h-àraid a thaobh nan ceistean tuigse. Chan mhòr nach eil Na h-Iseanan agus Na Gobhair Bheag co-shìnteach; tha agus cuideachd An Cat agus An Cù, ach tha iad sin diofraichte bho Na h-Iseanan agus Na Gobhair Bheaga ann an cuid a dhòighean, m.e. plota, àireamh de characteran agus cuid de na ceistean tuigse.
Mar sin, feuch nach eilear a' dèanamh coimeas eadar dà rud a tha eadar-dhealaichte.
- Nuair a tha sibh a' cleachdadh am IMIM airson buidhnean de chlann a mheasadh, dèan cinnteach gu bheil eilear a' cleachdadh modhan co-chothromachaidh, airson buaidh na sgeòil agus/no buaidh an dòigh aithris (Ath-aithris, Sgeulachd Modail, Aithris) a lùghdachadh.

Modhan co-chothromachaidh airson adhbharan rannsachaidh

Bu chòir an t-òrdugh anns a bheilear a' toirt seachad nan sgeulachdan a cho-chothromachadh a rèir cànan agus sgeòil (An Cat/An Cù – aithris/sgeulachd modail agus Na h-Iseanan/Na Gobhair Bheaga – aithris). Cleachd na modhan co-chothromachaidh a leanas (mas e 's gur e dìreach aon chànan a tha sibh a' measadh, cleachd siostam air thuaiream do chlànn àireamh 1,2,5 agus 6 no àireamh 3,4,7 agus 8):

| Àireamh a' Phàiste | Cànan | Ath-aithris/Sgeulachd modail | Aithris | Cànan | Ath-aithris/Sgeulachd modail | Aithris |
|--------------------|-------|------------------------------|-------------------|-------|------------------------------|-------------------|
| 1 | C1 | An Cat | Na h-Iseanan | C2 | An Cù | Na Gobhair Bheaga |
| 2 | C1 | An Cat | Na Gobhair Bheaga | C2 | An Cù | Na h-Iseanan |
| 3 | C2 | An Cat | Na Gobhair Bheaga | C1 | An Cù | Na h-Iseanan |
| 4 | C2 | An Cat | Na h-Iseanan | C1 | An Cù | Na Gobhair Bheaga |
| 5 | C1 | An Cù | Na h-Iseanan | C2 | An Cat | Na Gobhair Bheaga |
| 6 | C1 | An Cù | Na Gobhair Bheaga | C2 | An Cat | Na h-Iseanan |
| 7 | C2 | An Cù | Na Gobhair Bheaga | C1 | An Cat | Na h-Iseanan |
| 8 | C2 | An Cù | Na h-Iseanan | C1 | An Cat | Na Gobhair Bheaga |

Airson fios: Chan eil dòigh ann coimeas glan a dhèanamh eadar na sgeòil IMIM anns gach dòigh (faic gu h-àrd).

Pròtacal airson Cat

Aithris / Ath-aithris / Sgeulachd Modail

Ainm a' phàiste: _____
Ceann-là breith: _____
Ceann-là a' mheasaidh: _____
Aois (ann am mìosan) aig a' mheasadh: _____
Gnè: _____
Ainm an neach-measaidh: _____
Suathadh ris an dàrna Cànan (C2) (ann am mìosan): _____
Ceann-là a thòisich iad san sgoil/sgoil-àraich: _____
Ainm na sgoile/sgoil-àraich: _____

Dèan cinnteach gu bheil na cèisean gu lèir air a' bhòrd mus tòisich am measadh. Bu chòir an t-seisean gu lèir a chlàradh, mar sin deasaich an t-inneal-clàraidh agus tòisich a' clàradh **mus** cosg sibh ùine a' fàs eòlach air càch a chèile.

Cuspairean airson fàs eòlach air càch a chèile

Faighnich ceistean leithid: Cò an caraid as fheàrr a th' agad?; Dè bhios tu a' coimhead air an telebhisean? An toil leat sgeulachdan?

Stiùireadh

Stiùireadh airson Aithris

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus an uairsin thèid agad air sgeulachd innse dhomh.* Sin a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. *An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil?*

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. Can ris a' phàiste: *Tha mi ag iarraidh ortsa an sgeulachd innse. Coimhead air na dealbhan, agus feuch ris an sgeulachd innse dhomh mar as fheàrr as urrainn dhut.* Tha facal no dhà de bhrosnachadh ceadaichte aig an ìre seo mura h-eil iad deònach toiseachadh m.e.: *Siuthad, innis dhomh an sgeulachd* (comharraich a' chiad dealbh). Nuair a tha am pàiste ullamh ag innse mun chiad dà dhealbh, sìn a-mach an ath dhà dhealbh (gus am bi dealbhan 1 gu 4 am follais). Cùm a' dol leis a' phròiseas seo, gus an ruig sibh deireadh na sgeòil. Ma tha pàiste sàmhach ann am meadhan na sgeòil faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh: *Sian/càil sam bith eile?, Lean ort, Innis barrachd dhomh.* Ma stadas am pàiste gun a bhith a' comharrachadh gu bheil iad ullamh, faodar na leanas a ràdh: *Innis dhomh nuair a tha thu deiseil.*

Nuair a tha am pàiste deiseil, dèan moladh orra, agus faighnich na ceistean tuigse.

Stiùireadh airson ath-aithris

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus innsidh mise an*

sgeulachd dhut. Sìn a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil? Tha mise a' dol a dh'innse na sgeulachd dhut, agus an uair sin faodaidh tusa an sgeulachd innse air ais dhòmhsa.

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. *Tha an sgeulachd a' tòiseachadh an seo: (comharraich, le do chorrage, dealbh 1). Aon là, bha cat làn spòrs ann a chunnaic dealan-dè buidhe na shuidhe air preas. Leum e air adhart air sgàth 's gun robh e ag iarraidh a ghlacadh. Aig an aon àm, bha balach toilichte a' tilleadh bho bhith ag iasgach le bucaid agus ball na làmhnan. Sheall e air a' chat a' ruith às dèidh an dealain-dè.*

Sìn a-mach dealbh 3 agus 4 (bidh dealbhan 1-4 a-nis am follais). *Sgèith an dealan-dè air falbh gu luath, agus thuit an cat dhan phreas. Ghoirtich e e fhèin agus bha e feargach. Chuir seo uimhir a dh'eagal air a' bhalach, 's gun do thuit am ball às a làimh. Nuair a chunnaic e am ball aige a' rolaigeadh dhan uisge dh'èigh e "Obh obh! Sin am ball agam air falbh!" Bha e brònach agus ag iarraidh a' bhall aige fhaighinn air ais. Aig a' cheart àm mhothaich an cat dha bucaid a' bhalaich agus smaoinich e: "Tha mise airson iasg fhaighinn."*

Sìn a-mach dealbh 5 agus 6 (Bidh na dealbhan gu lèir 1-6 a-nis am follais). *Aig an aon àm, thoisich am balach a' tarraing a' bhall às an uisge leis an t-slat-iasgaich aige. Cha do mhothaich e gun d'fhuair an cat grèim air iasg. Aig a' cheann thall, bha an cat air a dhòigh gun robh iasg cho blasta aige agus bha am balach toilichte gun robh am ball aige air ais.*

Agus 's e sin deireadh na sgeòil.

Paisg na dealbhan ann an dòigh agus gum faic am pàiste a' chiad dà dhealbh a-mhàin agus can riutha: *Nise, tha mi ag iarraidh ortsa an sgeulachd innse. Coimhead air na dealbhan, agus feuch ris an sgeulachd innse dhomh mar as fheàrr as urrainn dhut.* Tha facal no dhà de bhrosnachadh ceadaichte aig an ìre seo mura h-eil iad deònach tòiseachadh m.e.: *Siuthad, innis dhomh an sgeulachd* (comharraich a' chiad dealbh). Nuair a tha am pàiste ullamh ag innse mun chiad dà dhealbh, sìn a-mach an ath dhà dhealbh (gus am bi dealbhan 1-4 am follais). Cùm a' dol leis a' phròiseas seo, gus an ruig sibh deireadh na sgeòil. Ma tha pàiste sàmhach ann am meadhan na sgeòil faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh: *Sian/càil sam bith eile?, Lean ort, Innis barrachd dhomh.* Ma stadas am pàiste gun a bhith a' comharrachadh gu bheil iad ullamh, faodar na leanas a ràdh: *Innis dhomh nuair a tha thu deiseil.*

Nuair a tha am pàiste deiseil, dèan moladh orra, agus faighnich na ceistean tuigse.

Stiùireadh Sgeulachd Modail

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus innsidh mise an sgeulachd dhut. Sìn a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil? Tha mise a' dol a dh'innse na sgeulachd dhut, agus an uair sin cuiridh mi ceistean ort.*

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. *Tha an sgeulachd a' tòiseachadh an seo: (comharraich, le do chorrage, dealbh 1). Aon là, bha cat làn spòrs ann a chunnaic dealan-dè buidhe na shuidhe air preas. Leum e air adhart air sgàth 's gun robh e ag iarraidh a ghlacadh. Aig an aon àm, bha balach toilichte a' tilleadh bho bhith ag iasgach le bucaid agus ball na làmhnan. Sheall e air a' chat a' ruith às dèidh an dealain-dè.*

Sìn a-mach dealbh 3 agus 4 (bidh dealbhan 1-4 a-nis am follais). *Sgèith an dealan-dè air falbh gu luath, agus thuit an cat dhan phreas. Ghoirtich e e fhèin agus bha e feargach. Chuir seo uimhir a dh'eagal air a' bhalach, 's gun do thuit am ball às a làimh. Nuair a chunnaic e am ball aige a' rolaigeadh dhan uisge dh'èigh e "Obh obh! Sin am ball agam air falbh!" Bha e brònach agus ag iarraidh a' bhall aige fhaighinn air ais. Aig a' cheart àm*

mhothaich an cat dha bucaid a' bhalaich agus smaoinich e: "Tha mise airson iasg fhaighinn."

Sìn a-mach dealbh 5 agus 6 (Bidh na dealbhan gu lèir 1-6 a-nis am follais). Aig an aon àm, thoisich am balach a' tarraing a' bhall às an uisge leis an t-slat-iasgaich aige. Cha do mhothaich e gun d'fhuair an cat grèim air iasg. Aig a' cheann thall, bha an cat air a dhòigh gun robh iasg cho blasta aige agus bha am balach toilichte gun robh am ball aige air ais.

Agus 's e sin deireadh na sgeòil.

Aon uair 's gun can thu Agus 's e sin deireadh na sgeòil, faighnich na ceistean tuigse.

Duilleag sgòraidh airson Cat

Earrann I: Labhairt

A. Structar na Sgeòil; B. Ioma-fhillteachd structarail; C. Briathrachas Staid-inntinn (BSI)

A. Structar na Sgeòil

| | | Eisimpleirean de fhreagairtean a tha ceart ¹ | Sgòr |
|--|---------------------------------|---|--------------------|
| A1. | Suidheachadh | Iomradh air àm agus/no àite m.e: Aon là/uair air choreigin/o chionn fhada/an là bha siud/ann an coille/aig loch/air bruach na h-aibhne | 0 1 2 ² |
| <i>Eadar-sgeul 1: Cat (Caractaran na h-eadar-sgeòil: Cat is dealan-dè)</i> | | | |
| A2. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Cat làn spòrs Chunnaic an cat dealan-dè | 0 1 |
| A3. | Amas | Bha an cat ag iarraidh an dealain-dè a ghlacadh/fhaighinn/cluich leis an dealan-dè/a dhol às dèidh an dealain-dè | 0 1 |
| A4. | Oidhirp | Leum an cat air adhart/suas. Thòisich an cat a' dol às dèidh an dealain-dè | 0 1 |
| A5. | Buil | Thuit an cat dhan phreas/cha d' fhuair an cat an dealan-dè/Cha robh an cat luath gu leòr. Theich an dealan-dè /sgèith an dealan-dè air falbh/bha an dealan-dè ro luath | 0 1 |
| A6. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha an cat feargach/bha briseadh-dùil aig a' chat . Bha an dealan-dè toilichte/air a dhòigh | 0 1 |
| <i>Eadar-sgeul 2: Balach (Caractar na h-eadar-sgeòil: balach)</i> | | | |
| A7. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Bha am balach brònach/tùrsach. Bha dragh air a' bhalach mu bhall Chunnaic am balach am ball aige san uisge | 0 1 |
| A8. | Amas | Chuir am balach roimhe/bha am balach ag iarraidh am ball aige fhaighinn air ais | 0 1 |
| A9. | Oidhirp | Bha am balach a' tarraing/a' feuchainn ri bhall fhaighinn a-mach às an uisge | 0 1 |
| A10. | Buil | Fhuair am balach am ball air ais/Bha am ball aig a' bhalach a-rithist Shàbhail am balach am ball | 0 1 |
| A11. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha am balach air a dhòigh/toilichte/riaraichte gun d'fhuair e am ball aige air ais | 0 1 |
| <i>Eadar-sgeul 3: Cat (Caractar na h-eadar-sgeòil: cat)</i> | | | |
| A12. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Mhothaich/chunnaic an cat iasg Bha an t-acras air/ùidh aig a' chat anns an iasg | 0 1 |
| A13. | Amas | Bha an cat ag iarraidh/chuir e roimhe an t-iasg fhaighinn/ithe/ghoid an cat iasg | 0 1 |
| A14. | Oidhirp | Rug an cat air iasg/ghabh an cat grèim air an iasg/bhìd an cat an t-iasg | 0 1 |

¹ Ma tha ceist ann mu fhreagairt, no mura h-eil freagairt a' phàiste air an duilleig, gheibhear fios san leabhar-làimhe.

² Chan fhaighear puingean sam bith airson freagairt a tha ceàrr no mura toir iad freagairt sam bith. Gheibh iad 1 phuing airson freagairt cheart, agus 2 phuing airson iomradh air an dà chuid àm agus àite.

| | | | | |
|-------------|---------------------------------|---|---|---|
| A15. | Buil | Dh'ith an cat /fhuair an cat an t-iasg | 0 | 1 |
| A16. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha an cat toilichte/riaraichte/cha robh an t-acras air a' chat tuilleadh | 0 | 1 |
| A17. | Sgòr iomlan a-mach à 17: | | | |

B. Ioma-fhillteachd structarail

| Àireamh de shreathan Oidhirp/Buil (OB) | Àireamh de shreathan le Amas (A) singilte (às aonais O no B) | Àireamh de shreathan le Amas/Oidhirp (AO)/Amas/Buil (AB) | Àireamh de shreathan le Amas/Oidhirp/Buil (AOB) |
|--|--|--|---|
| B1. | B2. | B3. | B4. |
| | | | |

C. Briathrachas Staid-Inntinn (BSI)

| |
|--|
| <p>C1. Àireamh de nithean BSI. Leithid:</p> <p>Faclan lèirsinneach m.e. a' faicinn, chunnaic, a' cluinntinn, chuala, a' faireachdainn, fàileadh;</p> <p>Faclan a' dèiligeadh ri beò-eòlais m.e., acrach, pathadh, sgìth, goirt;</p> <p>Faclan aigne: beò, na dhùisg, na chadal;</p> <p>Faclan a' dèiligeadh ri faireachdainn m.e. brònach, toilichte, sunndach, spòrsail, feargach, draghail, tàmailteach;</p> <p>Gnìomhairean inntinneil m.e. ag iarraidh, smaointinn, fios, dìochuimhneachadh, creidsinn, iongnadh, planadh;</p> <p>Gnìomhairean Cànanach/airson rudan a ràdh/innse m.e. can, gairm, èigh, toirt rabhadh, faighnich.</p> |
|--|

Earrann II: Tuigse

| | | Eisimpleirean de fhreagairtean ceart | Eisimpleirean de fhreagairtean ceàrr | Sgòr |
|------------|--|---|--|------|
| 0 | An do chòrd an sgeulachd riut? | Ceistean airson fàs cleachdte ris a' phròiseas, gun sgòr | | |
| D1. | Carson a leum an cat air adhart? (<i>comharraich dealbh 1-2</i>) (Eadar-sgeòil 1: Amas) | Airson an dealan-dè fhaighinn /a ghlacadh/airson cluich/dol às dèidh an dealain-dè | Bha e a' fàgail/a' ruith/a' leum/airson leum | 0 1 |
| D2. | Ciamar a tha an cat a' faireachdainn? (<i>comharraich dealbh 3</i>) (BSI mar thoradh air na thachair) | Dona /feargach/ tàmailteach/air a ghoirteachadh/mi-chofhurtail | Math/toilichte | 0 1 |
| D3. | (<i>Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D2 gun mhìneachadh, faighnich D3. Ma tha mìneachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D2, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D3, agus leantainn air gu D4</i>) Carson a tha thu a' smaoinichadh gu bheil an cat a' faireachdainn dona/feargach/gu bheil briseadh-dùil air/gu bheil e air a ghoirteachadh m.s.a.a? ³ | Air sgàth 's nach deach aige air an dealan-dè a ghlacadh/thuit e dhan phreas/tha e goirt tuiteam ann am preas sgolbach/ biorach | Freagairt eile nach eil iomchaidh/a' buntainn ris a' cheist | 0 1 |
| D4. | Carson a tha slat-iasgaich a' bhalaich san uisge? (<i>comharraich dealbh 5</i>) (Eadar-sgeòil 2: Amas) | Airson/ag iarraidh a bhall/am ball aige fhaighinn air ais | Airson cluich anns an uisge | 0 1 |
| D5. | Ciamar a tha am balach a' faireachdainn? (<i>comharraich dealbh 6</i>) (BSI mar thoradh air na thachair) | Math/ceart gu leòr/toilichte/riaraichte/ air a dhòigh | Dona/feargach/fiadhaich/brònach | 0 1 |
| D6. | (<i>Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D5 gun mhìneachadh, faighnich D6. Ma tha mìneachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D5, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D6, agus leantainn air gu D7</i>). Carson a tha thu a' smaoinichadh gu bheil | Leis gu bheil am ball aige/gun d'fhuair e am ball air ais | Tha gàire air/Sin an coltas a th'air/Freagairt eile nach eil iomchaidh/a' buntainn ris a' cheist | 0 1 |

³ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D2.

| | | | | | |
|-------------|---|--|---|---|---|
| | am balach a' faireachdainn math/ceart gu leòr/ riarraichte/ m.s.a.a? ⁴ | | | | |
| D7. | Carson a tha an cat a' gabhail grèim air an iasg? (<i>comharraich dealbh 5</i>) (Eadar-sgeòil 6: Amas) | Rinn e inntinn an-àirde gu bheil e ag iarraidh iasg/fhaighinn/a ghoid/ghabh e an cothrom fhad 's nach robh am balach a' coimhead | Airson cluich leis an iasg | 0 | 1 |
| D8. | Leig ort/can gum faca am balach an cat. Ciamar a tha am balach a' faireachdainn? (<i>comharraich dealbh 6</i>) (BSI mar thoradh air na thachair) | Dona/feargach/ mi-thoilichte/fiadhaich | Ceart gu leòr/ math/toilichte/ riarraichte/air a dhòigh | 0 | 1 |
| D9. | (<i>Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D8 gun mhìneachadh, faighnich D9. Ma tha mìneachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D8, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D9, agus leantainn air gu D10</i>). Carson a tha thu a' smaoinichadh gu bheil am balach a' faireachdainn math/ceart gu leòr/ riarraichte/ m.s.a.a? ⁵ | Air sgàth 's gu bheil an cat ag ithe an èisg aige/gun do dh'fhalbh an cat leis an iasg aige/b' ann leis a bha an t-iasg | Leis gu bheil an slat-iasgaich aige air an talamh no freagairt neo-bhuntainneach eile | 0 | 1 |
| D10. | An e caraid don bhalach a bhios anns a' chat? Carson? | Chan e - thoir seachad co-dhiù aon adhbhar (m.e. dh'ith an cat an t-iasg) no freagairt iomchaidh eile | 'S e/chan eil fios agam/ freagairt eile nach eil iomchaidh | 0 | 1 |
| D11. | Sgòr iomlan a-mach à 10: | | | | |

⁴ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D5.

⁵ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D8.

Pròtacal airson Cù

Aithris / Ath-aithris / Sgeulachd Modail

Ainm a' phàiste: _____
Ceann-là breith: _____
Ceann-là a' mheasaidh: _____
Aois (ann am mìosan) aig a' mheasadh: _____
Gnè: _____
Ainm an neach-measaidh: _____
Suathadh ris an dàrna Cànan (C2) (ann am mìosan): _____
Ceann-là a thòisich iad san sgoil/sgoil-àraich: _____
Ainm na sgoile/sgoil-àraich: _____

Dèan cinnteach gu bheil na cèisean gu lèir air a' bhòrd mus tòisich am measadh. Bu chòir an t-seisean gu lèir a chlàradh, mar sin deasaich an t-inneal-clàraidh agus tòisich a' clàradh **mus** cosg sibh ùine a' fàs eòlach air càch a chèile.

Cuspairean airson fàs eòlach air càch a chèile

Faighnich ceistean leithid: Cò an caraid as fheàrr a th' agad?; Dè bhios tu a' coimhead air an telebhisean? An toil leat sgeulachdan?

Stiùireadh

Stiùireadh airson Aithris

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus an uairsin thèid agad air sgeulachd innse dhomh.* Sin a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. *An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil?*

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. Can ris a' phàiste: *Tha mi ag iarraidh ortsa an sgeulachd innse. Coimhead air na dealbhan, agus feuch ris an sgeulachd innse dhomh mar as fheàrr as urrainn dhut.* Tha facal no dhà de bhrosnachadh ceadaichte aig an ìre seo mura h-eil iad deònach toiseachadh m.e.: *Siuthad, innis dhomh an sgeulachd* (comharraich a' chiad dealbh). Nuair a tha am pàiste ullamh ag innse mun chiad dà dhealbh, sìn a-mach an ath dhà dhealbh (gus am bi dealbhan 1 gu 4 am follais). Cùm a' dol leis a' phròiseas seo, gus an ruig sibh deireadh na sgeòil. Ma tha pàiste sàmhach ann am meadhan na sgeòil faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh: *Sian/càil sam bith eile?, Lean ort, Innis barrachd dhomh.* Ma stadas am pàiste gun a bhith a' comharrachadh gu bheil iad ullamh, faodar na leanas a ràdh: *Innis dhomh nuair a tha thu deiseil.*

Nuair a tha am pàiste deiseil, dèan moladh orra, agus faighnich na ceistean tuigse.

Stiùireadh airson ath-aithris

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus innsidh mise an*

sgeulachd dhut. Sìn a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil? Tha mise a' dol a dh'innse na sgeulachd dhut, agus an uair sin faodaidh tusa an sgeulachd innse air ais dhòmhsa.

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. *Tha an sgeulachd a' tòiseachadh an seo: (comharraich, le do chorrage, dealbh 1). Aon là, bha cù làn spòrs ann, a chunnaic luch ghlas na suidhe ri taobh craoibh. Leum e air adhart, air sgàth 's gun robh e ag iarraidh a ghlacadh. Aig an aon àm bha balach toilichte a' tilleadh bho na bùithtean le бага agus balùn na làmhan. Sheall e air a' chù a' ruith às dèidh na lucha.*

Sìn a-mach dealbh 3 agus 4 (bidh dealbhan 1-4 a-nis am follais). *Theich an luch gu luath agus bhuail an cù a-steach dhan chraoibh. Ghoirtich e e fhèin agus bha e feargach. Chuir seo uimhir a dh'eagal air a' bhalach 's gun do dh'fhalbh am balùn às a làimh. Nuair a chunnaic e am balùn aige a' sgèith dhan chraoibh dh'èigh e "Obh Obh! Sin am balùn agam air falbh!" Bha e brònach agus ag iarraidh am balùn aige fhaighinn air ais. Aig a' cheart àm, mhothaich an cù do na h-isbeanan ann am бага a' bhalaich agus smaoinich e "Tha mise airson isbean fhaighinn."*

Sìn a-mach dealbh 5 agus 6 (Bidh na dealbhan gu lèir 1-6 a-nis am follais). *Aig an aon àm, thòisich am balach a' tarraing a' bhalùn aige sìos bhon chraoibh. Cha do mhothaich e gun d' fhuair an cù grèim air isbean. Aig a' cheann thall, bha an cù air a dhòigh gun robh isbean cho blasta aige agus bha am balach toilichte gun robh am balùn aige air ais.*

Agus 's e sin deireadh na sgeòil.

Paisg na dealbhan ann an dòigh agus gum faic am pàiste a' chiad dà dhealbh a-mhàin agus can riutha: *Nise, tha mi ag iarraidh ortsa an sgeulachd innse. Coimhead air na dealbhan, agus feuch ris an sgeulachd innse dhomh mar as fheàrr as urrainn dhut.* Tha facal no dhà de bhrosnachadh ceadaichte aig an ìre seo mura h-eil iad deònach tòiseachadh m.e.: *Siuthad, innis dhomh an sgeulachd* (comharraich a' chiad dealbh). Nuair a tha am pàiste ullamh ag innse mun chiad dà dhealbh, sìn a-mach an ath dhà dhealbh (gus am bi dealbhan 1-4 am follais). Cùm a' dol leis a' phròiseas seo, gus an ruig sibh deireadh na sgeòil. Ma tha pàiste sàmhach ann am meadhan na sgeòil faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh: *Sian/càil sam bith eile?, Lean ort, Innis barrachd dhomh.* Ma stadas am pàiste gun a bhith a' comharrachadh gu bheil iad ullamh, faodar na leanas a ràdh: *Innis dhomh nuair a tha thu deiseil.* Nuair a tha am pàiste deiseil, dèan moladh orra, agus faighnich na ceistean tuigse.

Stiùireadh Sgeulachd Modail

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus innsidh mise an sgeulachd dhut. Sìn a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil? Tha mise a' dol a dh'innse na sgeulachd dhut, agus an uair sin cuiridh mi ceistean ort.*

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. *Tha an sgeulachd a' tòiseachadh an seo: (comharraich, le do chorrage, dealbh 1). Aon là, bha cù làn spòrs ann, a chunnaic luch ghlas na suidhe ri taobh craoibh. Leum e air adhart, air sgàth 's gun robh e ag iarraidh a ghlacadh. Aig an aon àm bha balach toilichte a' tilleadh bho na bùithtean le бага agus balùn na làmhan. Sheall e air a' chù a' ruith às dèidh na lucha.*

Sìn a-mach dealbh 3 agus 4 (bidh dealbhan 1-4 a-nis am follais). *Theich an luch gu luath agus bhuail an cù a-steach dhan chraoibh. Ghoirtich e e fhèin agus bha e feargach. Chuir seo uimhir a dh'eagal air a' bhalach 's gun do dh'fhalbh am balùn às a làimh. Nuair a chunnaic e am balùn aige a' sgèith dhan chraoibh dh'èigh e "Obh Obh! Sin am balùn agam air falbh!" Bha e brònach agus ag iarraidh am balùn aige fhaighinn air ais. Aig a'*

cheart àm, mhothaich an cù do na h-isbeanan ann am бага a' bhalaich agus smaoinich e "Tha mise airson isbean fhaighinn."

Sin a-mach dealbh 5 agus 6 (Bidh na dealbhan gu lèir 1-6 a-nis am follais). Aig an aon àm, thòisich am balach a' tarraing a' bhalùn aige sìos bhon chraoibh. Cha do mhothaich e gun d' fhuair an cù grèim air isbean. Aig a' cheann thall, bha an cù air a dhòigh gun robh isbean cho blasta aige agus bha am balach toilichte gun robh am balùn aige air ais.

Agus 's e sin deireadh na sgeòil.

Aon uair 's gun can thu Agus 's e sin deireadh na sgeòil, faighnich na ceistean tuigse.

Duilleag sgòraidh airson Cù

Earrann I: Labhairt

A. Structar na Sgeòil; B. Ioma-fhillteachd structarail; C. Briathrachas Staid-inntinn (BSI)

A. Structar na Sgeòil

| | | Eisimpleirean de fhreagairtean a tha ceart ⁶ | Sgòr |
|---|---------------------------------|--|--------------------|
| A1. | Suidheachadh | Iomradh air àm agus/no àite m.e. Aon là/uair air choreigin/o chionn fhada/an là bha siud/ann an coille/ pàirce/achadh/ri taobh an rathaid | 0 1 2 ⁷ |
| <i>Eadar-sgeul 1: Cù (Caractaran na h-eadar-sgeòil: cù agus luch)</i> | | | |
| A2. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Cù làn spòrs Chunnaic an cù luch/bha annas air a' chù don luch | 0 1 |
| A3. | Amas | Bha an cù airson na luch a ghlacadh/cluich leis an luch/a dhol às dèidh na luch | 0 1 |
| A4. | Oidhirp | Leum an cù air adhart/suas. Ruith an cù às dèidh na luch | 0 1 |
| A5. | Buil | Bhuail an cù a cheann/ cha d' fhuair an cù an luch/cha robh an cù luath gu leòr. Theich an luch /ruith i air cùl craoibh/bha an luch ro luath | 0 1 |
| A6. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha briseadh-dùil aig a' chù /bha an cù feargach. Bha an luch toilichte/air a dòigh/bha faochadh aice | 0 1 |
| <i>Eadar-sgeul 2: Balach (Caractar na h-eadar-sgeòil: balach)</i> | | | |
| A7. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Bha eagal/iongnadh/dragh air a' bhalach /bha am balach brònach mun bhalùn aige/chunnaic am balach am balùn sa chraoibh | 0 1 |
| A8. | Amas | Chuir am balach roimhe/bha am balach ag iarraidh am balùn aige fhaighinn air ais | 0 1 |
| A9. | Oidhirp | Bha am balach a' slaodadh/a' feuchainn ris a' bhalùn aige fhaighinn sìos bhon chraoibh/leum am balach suas às dèidh a' bhalùn | 0 1 |
| A10. | Buil | Fhuair am balach am balùn aige air ais/Bha am balùn aige a-rithist/bha am balùn sàbhailte | 0 1 |
| A11. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha am balach toilichte / riarichte gun d'fhuair e am balùn aige air ais | 0 1 |
| <i>Eadar-sgeul 3: Cù (Caractar na h-eadar-sgeòil: Cù)</i> | | | |
| A12. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Mhothaich/chunnaic an cù na h-isbeanan sa bhaga/Bha an t-acras air/ùidh aige anns na h-isbeanan | 0 1 |
| A13. | Amas | Bha an cù ag iarraidh/chuir an cù roimhe na h-isbeanan fhaighinn/beirtinn orra/ithe/a bhith aige/a ghoid | 0 1 |
| A14. | Oidhirp | Rug an cù air na h-isbeanan/ghabh an cù grèim air na h-isbeanan/thug e na h-isbeanan às a' bhaga | 0 1 |

⁶ Ma tha ceist ann mu fhreagairt, no mura h-eil freagairt a' phàiste air an duilleig, gheibhear fios san leabhar-làimhe.

⁷ Chan fhaighear puingeann sam bith airson freagairt a tha ceàrr no mura toir iad freagairt sam bith. Gheibh iad 1 phuing airson freagairt cheart, agus 2 phuing airson iomradh air an dà chuid àm agus àite.

| | | | | |
|-------------|---------------------------------|---|---|---|
| A15. | Buil | Dh'ith an cù /fhuair an cù na h-isbeanan | 0 | 1 |
| A16. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha an cù toilichte/riaraichte/Cha robh an t-acras air a' chù tuilleadh | 0 | 1 |
| A17. | Sgòr iomlan a-mach à 17: | | | |

B. Ioma-fhillteachd structarail

| Àireamh de shreathan Oidhirp/Buil (OB) | Àireamh de shreathan le Amas (A) singilte (às aonais O no B) | Àireamh de shreathan le Amas/Oidhirp (AO)/Amas/Buil (AB) | Àireamh de shreathan le Amas/Oidhirp/Buil (AOB) |
|--|--|--|---|
| B1. | B2. | B3. | B4. |
| | | | |

C. Briathrachas Staid-Inntinn (BSI)

| | |
|-----|--|
| C1. | <p>Àireamh de nithean BSI. Leithid:</p> <p>Faclan lèirsinneach m.e. a' faicinn, chunnaic, a' cluinntinn, chuala, a' faireachdainn, fàileadh;</p> <p>Faclan a' dèiligeadh ri beò-eòlais m.e., acrach, pathadh, sgìth, goirt;</p> <p>Faclan aigne: beò, na dhùisg, na chadal;</p> <p>Faclan a' dèiligeadh ri faireachdainn m.e. brònach, toilichte, sunndach, spòrsail, feargach, draghail, tàmailteach;</p> <p>Gnìomhairean inntinneil m.e. ag iarraidh, smaointinn, fios, dìochuimhneachadh, creidsinn, iongnadh, planadh;</p> <p>Gnìomhairean Cànanach/airson rudan a ràdh/innse m.e. can, gairm, èigh, toirt rabhadh, faighnich.</p> |
|-----|--|

Earrann II: Tuigse

| | | Eisimpleirean de fhreagairtean ceart | Eisimpleirean de fhreagairtean ceàrr | Sgòr |
|------------|---|---|---|------|
| 0 | An do chòrd an sgeulachd riut? | Ceistean airson fàs cleachdte ris a' phròiseas, gun sgòr | | |
| D1. | Carson a leum an cù air adhart? (comharraich dealbh 1-2) (Eadar-sgeòil 1: Amas) | Airson an luch fhaighinn/a ghlacadh/a dhol às dèidh na luch/airson cluich leis an luch | Bha e a' fàgail/a' ruith/a' leum/airson leum/bidh coin an-còmhnaidh a' leum | 0 1 |
| D2. | Ciamar a tha an cù a' faireachdainn? (comharraich dealbh 3) (BSI mar thoradh air na thachair) | Dona /feargach/crosta/briseadh-dùil air/tàmailteach/air a ghoirteachadh | Math/toilichte | 0 1 |
| D3. | <i>(Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D2 gun mhineachadh, faighnich D3. Ma tha mineachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D2, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D3, agus leantainn air gu D4)</i> Carson a tha thu den bheachd gu bheil an cù a' faireachdainn crosta/briseadh-dùil air/air a ghoirteachadh m.s.a.a.? ⁸ | Air sgàth 's/leis nach deach aige air an luch a ghlacadh/bhuail e a cheann/bhuail e ann an craobh | Freagairt eile nach eil iomchaidh/a' buntainn ris a' cheist | 0 1 |
| D4. | Carson a leum am balach suas? (comharraich dealbh 5) (Eadar-sgeòil 2: Amas) | Tha e ag iarraidh am balùn aige/ airson am balùn aige fhaighinn air ais/chaill e am balùn aige | Airson a bhith a' dìreadh na craoibhe/a' sreap nan craobhan | 0 1 |
| D5. | Ciamar a tha am balach a' faireachdainn? (comharraich dealbh 6) (BSI mar thoradh air na thachair) | Math/ceart gu leòr/toilichte/riaraichte/air a dhòigh | Dona/feargach/fiadhaich/brònach | 0 1 |
| D6. | <i>(Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D5 gun mhineachadh, faighnich D6. Ma tha mineachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D5, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D6, agus leantainn air gu D7).</i> Carson a tha thu den bheachd gu bheil am | Leis gu bheil am balùn aige/aige air ais | Leis gu bheil gàire air/tha an coltas sin air/ tha e na sheasamh air no freagairt eile nach eil iomchaidh/a' buntainn ris a' cheist | 0 1 |

⁸ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D2.

| | | | | |
|-------------|--|---|---|-----|
| | balach a' faireachdainn math/toilichte m.s.a.a? ⁹ | | | |
| D7. | Carson a tha an cù a' gabhail greim air na h-isbeanan? (comharraich dealbh 5) (Eadar-sgeòil 3: Amas) | Rinn e inntinn suas gun robh e ag iarraidh na h-isbeanan ithe/dha fhèin /a ghoid | Airson cluich leis a' bhaga | 0 1 |
| D8. | Leig ort gum faca am balach an cù. Ciamar a tha am balach a' faireachdainn? (comharraich dealbh 6) (BSI mar thoradh air na thachair) | Dona/feargach/ mi-thoilichte/ fiadhaich | Ceart gu leòr/math/toilichte/ riarichte/air a dhòigh | 0 1 |
| D9. | <i>(Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D8 gun mhineachadh, faighnich D9. Ma tha mineachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D8, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D9, agus leantainn air gu D10)</i> Carson a tha thu den bheachd gu bheil am balach a' faireachdainn dona/feargach/ fiadhaich m.s.a.a? ¹⁰ | A chionn 's gun do dh'ith/ dh'fhalbh an cù leis na h-isbeanan aige Bha am balach ag iarraidh na h-isbeanan ithe e fhèin | Freagairt nach eil iomchaidh/a' buntainn ris a' cheist | 0 1 |
| D10. | An e caraid don bhalach a bhios anns a' chù? Carson? | Chan e - thoir seachad co-dhiù aon adhbhar (m.e.dh'ith an cù na h-isbeanan) no freagairt iomchaidh eile | 'S e/chan eil fios agam/freagairt eile nach eil iomchaidh | 0 1 |
| D11. | Sgòr iomlan a-mach à 10: | | | |

⁹ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D5.

¹⁰ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D8.

Pròtacal nan Iseanan

Aithris / Ath-aithris / Sgeulachd Modail

Ainm a' phàiste: _____
Ceann-là breith: _____
Ceann-là a' mheasaidh: _____
Aois (ann am mìosan) aig a' mheasadh: _____
Gnè: _____
Ainm an neach-measaidh: _____
Suathadh ris an dàrna Cànan (C2) (ann am mìosan): _____
Ceann-là a thòisich iad san sgoil/sgoil-àraich: _____
Ainm na sgoile/sgoil-àraich: _____

Dèan cinnteach gu bheil na cèisean gu lèir air a' bhòrd mus tòisich am measadh. Bu chòir an t-seisean gu lèir a chlàradh, mar sin deasaich an t-inneal-clàraidh agus tòisich a' clàradh **mus** cosg sibh ùine a' fàs eòlach air càch a chèile.

Cuspairean airson fàs eòlach air càch a chèile

Faighnich ceistean leithid: Cò an caraid as fheàrr a th' agad?; Dè bhios tu a' coimhead air an telebhisean? An toil leat sgeulachdan?

Stiùireadh

Stiùireadh airson Aithris

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus an uairsin thèid agad air sgeulachd innse dhomh.* Sin a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. *An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil?*

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. Can ris a' phàiste: *Tha mi ag iarraidh ortsa an sgeulachd innse. Coimhead air na dealbhan, agus feuch ris an sgeulachd innse dhomh mar as fheàrr as urrainn dhut.* Tha facal no dhà de bhrosnachadh ceadaichte aig an ìre seo mura h-eil iad deònach toiseachadh m.e.: *Siuthad, innis dhomh an sgeulachd* (comharraich a' chiad dealbh). Nuair a tha am pàiste ullamh ag innse mun chiad dà dhealbh, sìn a-mach an ath dhà dhealbh (gus am bi dealbhan 1 gu 4 am follais). Cùm a' dol leis a' phròiseas seo, gus an ruig sibh deireadh na sgeòil. Ma tha pàiste sàmhach ann am meadhan na sgeòil faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh: *Sian/càil sam bith eile?, Lean ort, Innis barrachd dhomh.* Ma stadas am pàiste gun a bhith a' comharrachadh gu bheil iad ullamh, faodar na leanas a ràdh: *Innis dhomh nuair a tha thu deiseil.*

Nuair a tha am pàiste deiseil, dèan moladh orra, agus faighnich na ceistean tuigse.

Stiùireadh airson ath-aithris

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus innsidh mise an*

sgeulachd dhut. Sìn a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil? Tha mise a' dol a dh'innse na sgeulachd dhut, agus an uair sin faodaidh tusa an sgeulachd innse air ais dhòmhsa.

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. *Tha an sgeulachd a' tòiseachadh an seo: (comharraich, le do chorrach, dealbh 1). Aon là, bha Mamaidh eun ann a chunnaic gun robh an t-acras air na h-iseanan aice. Sgèith i air falbh air sgàth 's gun robh i airson biadh a lorg air an son. Chunnaic cat acrach gun robh Mamaidh eun a' sgèith air falbh agus le miamhail thuirt e: "Mmmm, math, gu dè a tha mi a' faicinn an seo?"*

Sìn a-mach dealbh 3 agus 4 (bidh dealbhan 1-4 a-nis am follais). *Thill Mamaidh Eun le boiteag mhòr dha na h-iseanan aice, ach chan fhaca i an cat. Bha i toilichte mun bhoiteig bhlasta dha na h-iseanan aice. Aig an aon àm, bha an cat mosach a' sreap na craoibhe air sgàth 's gun robh e airson isean a ghlacadh. Rug e air aon de na h-iseanan. Bha cù treun a' dol seachad a chunnaic gun robh na h-eòin ann am fìor chunnart. Chuir e roimhe an cat a stad agus na h-iseanan a shàbhaladh.*

Sìn a-mach dealbh 5 agus 6 (Bidh na dealbhan gu lèir 1-6 a-nis am follais). *"Fàg thusa na h-eòin" thuirt e ris a' chat. Agus an uair sin ghabh e grèim air earball a' chait, agus shlad e sìos e. Leig an cat an t-isean às, agus chuir an cù ruaig air. Bha an cù air a dhòigh gun deach aige air na h-iseanan a shàbhaladh, agus bha an cat fhathast acrach.*

Agus 's e sin deireadh na sgeòil.

Paisg na dealbhan ann an dòigh agus gum faic am pàiste a' chiad dà dhealbh a-mhàin agus can riutha: *Nise, tha mi ag iarraidh ortsa an sgeulachd innse. Coimhead air na dealbhan, agus feuch ris an sgeulachd innse dhomh mar as fheàrr as urrainn dhut.* Tha facal no dhà de bhrosnachadh ceadaichte aig an ìre seo mura h-eil iad deònach tòiseachadh m.e.: *Siuthad, innis dhomh an sgeulachd* (comharraich a' chiad dealbh). Nuair a tha am pàiste ullamh ag innse mun chiad dà dhealbh, sìn a-mach an ath dhà dhealbh (gus am bi dealbhan 1-4 am follais). Cùm a' dol leis a' phròiseas seo, gus an ruig sibh deireadh na sgeòil. Ma tha pàiste sàmhach ann am meadhan na sgeòil faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh: *Sian/càil sam bith eile?, Lean ort, Innis barrachd dhomh.* Ma stad as am pàiste gun a bhith a' comharrachadh gu bheil iad ullamh, faodar na leanas a ràdh: *Innis dhomh nuair a tha thu deiseil.* Nuair a tha am pàiste deiseil, dèan moladh orra, agus faighnich na ceistean tuigse.

Stiùireadh Sgeulachd Modail

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus innsidh mise an sgeulachd dhut. Sìn a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil? Tha mise a' dol a dh'innse na sgeulachd dhut, agus an uair sin cuiridh mi ceistean ort.*

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. *Tha an sgeulachd a' tòiseachadh an seo: (comharraich, le do chorrach, dealbh 1). Aon là, bha Mamaidh eun ann a chunnaic gun robh an t-acras air na h-iseanan aice. Sgèith i air falbh air sgàth 's gun robh i airson biadh a lorg air an son. Chunnaic cat acrach gun robh Mamaidh eun a' sgèith air falbh agus le miamhail thuirt e: "Mmmm, math, gu dè a tha mi a' faicinn an seo?"*

Sìn a-mach dealbh 3 agus 4 (bidh dealbhan 1-4 a-nis am follais). *Thill Mamaidh Eun le boiteag mhòr dha na h-iseanan aice, ach chan fhaca i an cat. Bha i toilichte mun bhoiteig bhlasta dha na h-iseanan aice. Aig an aon àm, bha an cat mosach a' sreap na craoibhe air sgàth 's gun robh e airson isean a ghlacadh. Rug e air aon de na h-iseanan. Bha cù treun a' dol seachad a chunnaic gun robh na h-eòin ann am fìor chunnart. Chuir e roimhe an cat a stad agus na h-iseanan a shàbhaladh.*

Sìn a-mach dealbh 5 agus 6 (Bidh na dealbhan gu lèir 1-6 a-nis am follais). *“Fàg thusa na h-eòin” thuir e ris a’ chat. Agus an uair sin ghabh e grèim air earball a’ chait, agus shlaod e sìos e. Leig an cat an t-isean às, agus chuir an cù ruaig air. Bha an cù air a dhòigh gun deach aige air na h-iseanan a shàbhaladh, agus bha an cat fhathast acrach. Agus ’s e sin deireadh na sgeòil.*

Aon uair ’s gun can thu *Agus ’s e sin deireadh na sgeòil*, faighnich na ceistean tuigse.

Duilleag sgòraidh nan Iseanan

Earrann I: Labhairt

A. Structar na Sgeòil; B. Ioma-fhillteachd structarail; C. Briathrachas Staid-inntinn (BSI)

A. Structar na Sgeòil

| | | Eisimpleirean de fhreagairtean a tha ceart ¹¹ | Sgòr |
|---|---------------------------------|---|---------------------|
| A1. | Suidheachadh | Iomradh air àm agus/no àite m.e. Aon là/uair air choreigin/o chionn fhada/an là bha siud/ann an coille/achadh/gàrradh/nead eòin/shuas craobh | 0 1 2 ¹² |
| <i>Eadar-sgeul 1: Mamaidh Eun (Caractaran na h-eadar-sgeòil: Mamaidh Eun agus na h-iseanan)</i> | | | |
| A2. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Chunnaic a' mhàthair/am pàrant gun robh an t-acras air na h-iseanan/gun robh na h-iseanan ag iarraidh biadh Bha an t-acras air na h-iseanan /bha iad ag iarraidh biadh/a' faighneachd /ag èigheach/a' rànaich/a' sgreuchail airson biadh | 0 1 |
| A3. | Amas | Bha Mamaidh Eun ag iarraidh na h-iseanan a bhiadhadh/airson boiteag/biadh a ghlacadh/fhaighinn/a lorg airson nan iseanan | 0 1 |
| A4. | Oidhirp | Sgèith Mamaidh Eun air falbh/dh'fhalbh an t-eun Chaidh Mamaidh Eun a lorg biadh | 0 1 |
| A5. | Buil | Fhuair/ghlac/thug/ Mamaidh Eun /biadh /boiteagan dha na h-iseanan/thill Mamaidh Eun le biadh Fhuair na h-iseanan biadh/boiteag | 0 1 |
| A6. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha Mamaidh Eun toilichte/riarachte Cha robh an t-acras air na h-iseanan tuilleadh/cha robh na h-iseanan acrach tuilleadh. Bha na h-iseanan toilichte/ riarachte/sàsaichte | 0 1 |
| <i>Eadar-sgeul 2: Cat (Caractaran na h-eadar-sgeòil: Cat agus Iseanan)</i> | | | |
| A7. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Chunnaic an cat Mamaidh Eun a' sgeith/a' falbh/gun robh na h-iseanan nan aonar/gun robh biadh ri fhaotainn Bha an t-acras air a' chat /bha sruth mu fhaclan a' chait/bha an cat a' smaoinachadh gum biodh na h-iseanan blasta | 0 1 |
| A8. | Amas | Bha an cat ag iarraidh na h-iseanan ithe/a ghlacadh/a mharbhadh | 0 1 |
| A9. | Oidhirp | Dh'ìrich/shreap/chaidh an cat suas a' chraobh Leum an cat suas Dh'fheuch an cat ris na h-iseanan fhaighinn | 0 1 |
| A10. | Buil | Rug an cat air/ghabh an cat grèim air isean/aon de na h-iseanan | 0 1 |
| A11. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha an cat toilichte Bha an t-eagal air an isean/na h-iseanan/ (an t-eun/na h-eòin) | 0 1 |

¹¹ Ma tha ceist ann mu fhreagairt, no mura h-eil freagairt a' phàiste air an duilleig, gheibhear fios san leabhar-làimhe.

¹² Chan fhaighear puingean sam bith airson freagairt a tha ceàrr no mura toir iad freagairt sam bith. Gheibh iad 1 phuing airson freagairt cheart, agus 2 phuing airson iomradh air an dà chuid àm agus àite.

| <i>Eadar-sgeul 3: Cù (Caractaran na h-eadar-sgeòil: Cù, Cat agus Eòin)</i> | | | |
|--|---------------------------------|---|-----|
| A12. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Chunnaic an cù gun robh an t-eun ann an cunnart/gun d'fhuair an cat grèim air an eun Bha na h-eòin ann an cunnart | 0 1 |
| A13. | Amas | Rinn an cù inntinn suas/chuir an cù roimhe Bha an cù ag iarraidh an cat a stad/na h-eòin/iseanan a chuideachadh/a shàbhaladh/a dhìon | 0 1 |
| A14. | Oidhirp | Dhragh/shlaod an cù an cat sìos Chaidh an cù às dèidh a' chait Bhìd an cù earball a' chait | 0 1 |
| A15. | Buil | Ruaig an cù an cat air falbh Leig an cù an t-isean às/theich an cat Bha na h-eòin sàbhailte/chaidh na h-eòin an sàbhaladh | 0 1 |
| A16. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha an cù toilichte/moiteil às fhèin/Bha faochadh aig a' chù gun do shàbhail e na h-iseanan Bha an cat feargach/'s e briseadh-dùil a bh' ann don chat Bha faochadh aig na h-eòin /bha na h-eòin toilichte/sàbhailte | 0 1 |
| A17. | Sgòr iomlan a-mach à 17: | | |

B. Ioma-fhillteachd structarail

| Àireamh de shreathan Oidhirp/Buil (OB) | Àireamh de shreathan le Amas (A) singilte (às aonais O no B) | Àireamh de shreathan le Amas/Oidhirp (AO)/Amas/Buil (AB) | Àireamh de shreathan le Amas/Oidhirp/Buil (AOB) |
|--|--|--|---|
| B1. | B2. | B3. | B4. |
| | | | |

C. Briathrachas Staid-Inntinn (BSI)

| |
|--|
| <p>Àireamh de nithean BSI. Leithid:</p> <p>Faclan lèirsinneach m.e. a' faicinn, chunnaic, a' cluinntinn, chuala, a' faireachdainn, fàileadh;</p> <p>Faclan a' dèiligeadh ri beò-eòlais m.e., acrach, pathadh, sgìth, goirt;</p> <p>Faclan aigne: beò, na dhùisg, na chadal;</p> <p>C1. Faclan a' dèiligeadh ri faireachdainn m.e. brònach, toilichte, sunndach, spòrsail, feargach, draghail, tàmailteach;</p> <p>Gnìomhairean inntinneil m.e. ag iarraidh, smaointinn, fios, dìochuimhneachadh, creidsinn, iongnadh, planadh;</p> <p>Gnìomhairean Cànanach/airson rudan a ràdh/innse m.e. can, gairm, èigh, toirt rabhadh, faighnich.</p> |
|--|

Earrann II: Tuigse

| | | Eisimpleirean de fhreagairtean ceart | Eisimpleirean de fhreagairtean ceàrr | Sgòr |
|------------|--|---|---|------|
| 0 | An do chòrd an sgeulachd riut? | Ceistean airson fàs cleachdte ris a' phròiseas, gun sgòr | | |
| D1. | Carson a sgèith mamaidh eun air falbh? <i>(comharraich dealbh 1-2)</i> (Eadar-sgeòil 1: Amas/ BSI mar thoiseach tòiseachaidh) | Airson biadh/ boiteagan fhaighinn/airson na h-iseanan a bhiadhadh/ag iarraidh biadh fhaighinn. Tha an t-acras air na h-iseanan | Tha i a' falbh/a' dol a dh'obair Tha an t-eagal oirre | 0 1 |
| D2. | Ciamar a tha na h-iseanan a' faireachdainn? <i>(comharraich dealbh 1)</i> (BSI mar thoiseach tòiseachaidh) | Dona/acrach Ag iarraidh biadh | Math/ceart gu leòr/ toilichte/ aonaranach/tha iongnadh orra/tha an t-eagal orra/ eagalach | 0 1 |
| D3. | <i>(Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D2 gun mhìneachadh, faighnich D3. Ma tha mìneachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D2, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D3, agus leantainn air gu D4)</i> Carson a tha thu a' smaoinichadh gu bheil na h-eòin a' faireachdainn dona/acrach m.s.a.a? ¹³ | Air sgàth/leis gu bheil na beòil aca fosgailte/ dh'fhalbh am màthair/sgèith am màthair air falbh/thill am màthair le biadh/le boiteag airson a thoirt dhaibh/tha an t-acras an-còmhnaidh air iseanan | Leis gu bheil iad toilichte /a' seinn /oir bha iad airson falbh le mamaidh/ bha an t-eagal orra ron chat/on chunnaic iad an cat | 0 1 |
| D4. | Carson a shreap/a dhìrich an cat a' chraobh? <i>(comharraich dealbh 3)</i> (Eadar-sgeòil 2: Amas) | Airson/ag iarraidh isean ithe/a mharbhadh/ fhaighinn/oir 's toil le cait a bhith ag ithe eòin | Airson cluich leis na h-iseanan | 0 1 |
| D5. | Ciamar a tha an cat a' faireachdainn? <i>(comharraich dealbh 5-6)</i> (BSI mar thoradh air na thachair) | Fhathast acrach/ dona/mosach/ feargach/ eagalach/ tàmailteach | Math/ceart gu leòr/ toilichte/làn spòrs | 0 1 |
| D6. | <i>(Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D5 gun mhìneachadh, faighnich D6. Ma tha mìneachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D5, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D6, agus leantainn air gu D7).</i> Carson a tha thu a' smaoinichadh gu bheil an | Air sgàth 's nach d'fhuair an cat na h-iseanan/ tha eagal aige ron chù/ fhathast acrach/leis gu bheil an cù a' dol às a dhèidh/a' slaodadh/ bìdeadh earball a' chait | Toilichte/làn spòrs/ tòiseachadh ri sgèith air falbh/leis gun tug an cù air falbh biadh a' chait | 0 1 |

¹³ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D2.

| | | | | |
|-------------|--|---|---|-----|
| | cat a' faireachdainn dona / acrach / eagalach m.s.a.a? ¹⁴ | | | |
| D7. | Carson a ghabh an cù grèim air earball a' chait?(<i>comharraich dealbh</i> 5) (Eadar-sgeòil 3: Amas) | Airson an cat a stad/ airson na h-eòin a shàbhaladh/a chuideachadh Gus nach tèid na h-eòin an ithe/goirteachadh | Airson na h-iseanan ithe e fhèin/cluich leis a' chat | 0 1 |
| D8. | Leig ort gu bheil an cù a' faicinn nan isean. Ciamar a tha an cù a' faireachdainn? (<i>comharraich dealbh 6</i>). (BSI mar thoradh air na thachair) | Math/ceart gu leòr/toilichte/ riarichte/air a dhòigh/moiteil/pròiseil às fhèin/mar ghaisgeach/laoch | Dona/feargach/ fiadhaich/ brònach/ Airson an cat fhaighinn/acrach 'Feumaidh mi an cat fhaighinn" | 0 1 |
| D9. | (<i>Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D8 gun mhineachadh, faighnich D9. Ma tha mineachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D8, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D9, agus leantainn air gu D10</i>). Carson a tha thu a' smaoineachadh gu bheil an cù a' faireachdainn math/toilichte / riarichte m.s.a.a? ¹⁵ | Chuir e stad air a' chat/leis gun d'fhuair e an cat a-mach à sin/shàbhail e na h-eòin/ chì e gu bheil na h-eòin toilichte/ gun deach na h-eòin an sàbhaladh/gu bheil iad toilichte/nach deach an goirteachadh Cha thill an cat | Leis gu bheil gàire air/tha an coltas sin air a' chù/cha d'fhuair e an cat/airson na h-iseanan ithe e fhèin | 0 1 |
| D10. | Ann am beachd Mamaidh Eun, cò a b' fhèarr leatha, an cù no an cat? Carson? | An cù – co-dhiù aon fhreagairt (m.e. shàbhail/ chuidich e na h- iseanan/chuir e ruaig air a' chat) | An cat / chan eil fios agam / freagairt neo- iomchaidh eile | 0 1 |
| D11. | Sgòr iomlan a-mach à 10: | | | |

¹⁴ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D5.

¹⁵ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D8.

Pròtacal airson Gobhair Bheaga
Aithris / Ath-aithris / Sgeulachd Modail

Ainm a' phàiste: _____
Ceann-là breith: _____
Ceann-là a' mheasaidh: _____
Aois (ann am mìosan) aig a' mheasadh: _____
Gnè: _____
Ainm an neach-measaidh: _____
Suathadh ris an dàrna Cànan (C2) (ann am mìosan): _____
Ceann-là a thòisich iad san sgoil/sgoil-àraich: _____
Ainm na sgoile/sgoil-àraich: _____

Dèan cinnteach gu bheil na cèisean gu lèir air a' bhòrd mus tòisich am measadh. Bu chòir an t-seisean gu lèir a chlàradh, mar sin deasaich an t-inneal-clàraidh agus tòisich a' clàradh **mus** cosg sibh ùine a' fàs eòlach air càch a chèile.

Cuspairean airson fàs eòlach air càch a chèile

Faighnich ceistean leithid: Cò an caraid as fheàrr a th' agad? Dè bhios tu a' coimhead air an telebhisean? An toil leat sgeulachdan?

Stiùireadh

Stiùireadh airson Aithris

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus an uairsin thèid agad air sgeulachd innse dhomh. Sìn a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil?*

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. Can ris a' phàiste: *Tha mi ag iarraidh orts an sgeulachd innse. Coimhead air na dealbhan, agus feuch ris an sgeulachd innse dhomh mar as fheàrr as urrainn dhut. Tha facal no dhà de bhrosnachadh ceadaichte aig an ìre seo mura h-eil iad deònach tòiseachadh m.e.: *Siuthad, innis dhomh an sgeulachd* (comharraich a' chiad dealbh). Nuair a tha am pàiste ullamh ag innse mun chiad dà dhealbh, sìn a-mach an ath dhà dhealbh (gus am bi dealbhan 1 gu 4 am follais). Cùm a' dol leis a' phròiseas seo, gus an ruig sibh deireadh na sgeòil. Ma tha pàiste sàmhach ann am meadhan na sgeòil faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh: *Sìan/càil sam bith eile?, Lean ort, Innis barrachd dhomh. Ma stadas am pàiste gun a bhith a' comharrachadh gu bheil iad ullamh, faodar na leanas a ràdh: Innis dhomh nuair a tha thu deiseil.**

Nuair a tha am pàiste deiseil, dèan moladh orra, agus faighnich na ceistean tuigse.

Stiùireadh airson ath-aithris

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus innsidh mise an sgeulachd dhut. Sìn a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. An*

toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil? Tha mise a' dol a dh'innse na sgeulachd dhut, agus an uair sin faodaidh tusa an sgeulachd innse air ais dhòmhsa.

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. Aon là, bha Mamaidh gobhar ann a chunnaic gun do thuit an gobhar beag aice dhan uisge agus gun robh an t-eagal air. Leum i dhan uisge air sgàth 's gun robh i airson a shàbhaladh. Chunnaic sionnach acrach gun robh Mamaidh gobhar anns an uisge agus a' dranndail thuirte e: "Mmmm, math, gu dè a tha mi a' faicinn an seo air an fheur?"

Sìn a-mach dealbh 3 agus 4 (bidh dealbhan 1-4 a-nis am follais). Phut Mamaidh gobhar an gobhar beag a-mach às an uisge ach chan fhaca i an sionnach. Bha i toilichte nach deach an gobhar beag aice a bhàthadh. Aig an aon àm, leum an sionnach mosach air adhart air sgàth 's gun robh e airson an gobhar beag eile a ghlacadh. Rug e air a' ghobhar bheag. Chunnaic eun treun a bha a' sgèith seachad gun robh an gobhar beag ann am fìor chunnart. Chuir e roimhe an sionnach a stad agus an gobhar beag a shàbhaladh.

Sìn a-mach dealbh 5 agus 6 (Bidh na dealbhan gu lèir 1-6 a-nis am follais). "Fàg thusa an gobhar beag" thuirte an t-eun ris an t-sionnach. Agus an uair sin sgèith e sìos agus bhid e earball an t-sionnaich. Leig an sionnach às an gobhar agus chuir an t-eun ruaig air. Bha an t-eun air a dhòigh gun deach aige air an gobhar beag a shàbhaladh, agus bha an sionnach fhathast acrach.

Agus 's e sin deireadh na sgeòil.

Paisg na dealbhan ann an dòigh agus gum faic am pàiste a' chiad dà dhealbh a-mhàin agus can riutha: *Nise, tha mi ag iarraidh ortsa an sgeulachd innse. Coimhead air na dealbhan, agus feuch ris an sgeulachd innse dhomh mar as fheàrr as urrainn dhut.* Tha facal no dhà de bhrosnachadh ceadaichte aig an ìre seo mura h-eil iad deònach tòiseachadh m.e.: *Siuthad, innis dhomh an sgeulachd* (comharraich a' chiad dealbh). Nuair a tha am pàiste ullamh ag innse mun chiad dà dhealbh, sìn a-mach an ath dhà dhealbh (gus am bi dealbhan 1-4 am follais). Cùm a' dol leis a' phròiseas seo, gus an ruig sibh deireadh na sgeòil. Ma tha pàiste sàmhach ann am meadhan na sgeòil faodar am brosnachadh le bhith ag ràdh: *Sian/càil sam bith eile?, Lean ort, Innis barrachd dhomh.* Ma stadas am pàiste gun a bhith a' comharrachadh gu bheil iad ullamh, faodar na leanas a ràdh: *Innis dhomh nuair a tha thu deiseil.*

Nuair a tha am pàiste deiseil, dèan moladh orra, agus faighnich na ceistean tuigse.

Stiùireadh Sgeulachd Modail

Suidh mu choinneamh a' phàiste. Can riutha: *Seall, tha 3 cèisean agam an seo. Tha sgeulachd eadar-dhealaichte anns gach tè. Tagh thusa tè dhiubh, agus innsidh mise an sgeulachd dhut.* Sìn a-mach na dealbhan, gus am faic am pàiste an t-sreath gu lèir. *An toiseach seall air an sgeulachd gu lèir. A bheil thu deiseil? Tha mise a' dol a dh'innse na sgeulachd dhut, agus an uair sin cuiridh mi ceistean ort.*

Sìn a-mach dealbh 1 agus 2. Aon là, bha Mamaidh gobhar ann a chunnaic gun do thuit an gobhar beag aice dhan uisge agus gun robh an t-eagal air. Leum i dhan uisge air sgàth 's gun robh i airson a shàbhaladh. Chunnaic sionnach acrach gun robh Mamaidh gobhar anns an uisge agus a' dranndail thuirte e: "Mmmm, math, gu dè a tha mi a' faicinn an seo air an fheur?"

Sìn a-mach dealbh 3 agus 4 (bidh dealbhan 1-4 a-nis am follais). Phut Mamaidh gobhar an gobhar beag a-mach às an uisge ach chan fhaca i an sionnach. Bha i toilichte nach deach an gobhar beag aice a bhàthadh. Aig an aon àm, leum an sionnach mosach air adhart air sgàth 's gun robh e airson an gobhar beag eile a ghlacadh. Rug e air a' ghobhar bheag. Chunnaic eun treun a bha a' sgèith seachad gun robh an gobhar beag ann am fìor chunnart. Chuir e roimhe an sionnach a stad agus an gobhar beag a shàbhaladh.

Sìn a-mach dealbh 5 agus 6 (Bidh na dealbhan gu lèir 1-6 a-nis am follais). *“Fàg thusa an gobhar beag” thuir an t-eun ris an t-sionnach. Agus an uair sin sgèith e sìos agus bhìd e earball an t-sionnaich. Leig an sionnach às an gobhar agus chuir an t-eun ruaig air. Bha an t-eun air a dhòigh gun deach aige air an gobhar beag a shàbhaladh, agus bha an sionnach fhathast acrach.*

Agus 's e sin deireadh na sgeòil.

Aon uair 's gun can thu *Agus 's e sin deireadh na sgeòil*, faighnich na ceistean tuigse.

Duilleag sgòraidh airson Gobhair Bheaga

Earrann I: Labhairt

A. Structar na Sgeòil; B. Ioma-fhillteachd structarail; C. Briathrachas Staid-inntinn (BSI)

A. Structar na Sgeòil

| | | Eisimpleirean de fhreagairtean a tha ceart ¹⁶ | Sgòr |
|--|---------------------------------|--|---------------------|
| A1. | Suidheachadh | Iomradh air àm agus/no àite m.e. Aon là/uair air choreigin/o chionn fhada/an là bha siud/ann an coille/aig an loch/aig an lòn | 0 1 2 ¹⁷ |
| <i>Eadar-sgeul 1: Mamaidh/Gobhar (Caractaran na h-eadar-sgeòil: Gobhar Beag is Mamaidh Gobhar)</i> | | | |
| A2. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Bha an t-eagal air a' ghobhar bheag Bha an gobhar beag ann an cunnart/a' bàthadh/Bha cuideachadh a dhìth air a' ghobhar bheag /dh'èigh e airson a mhàthar/ bha e a' rànaich Chunnaic Mamaidh Gobhar gun robh an t-eagal air a' ghobhar bheag/ an gobhar beag ann an cunnart /a' bàthadh/cha b' urrainn dha snàmh Bha dragh air Mamaidh Gobhar mun ghobhar bheag anns an uisge | 0 1 |
| A3. | Amas | Bha Mamaidh Gobhair airson an gobhair beag a chuideachadh / a shàbhaladh / a chuideachadh a-mach às an uisge / fhaighinn/a phutadh a-mach às an uisge | 0 1 |
| A4. | Oidhirp | Ruith/Chaidh Mamaidh Gobhar dhan uisge/tha Mamaidh Gobhar a' putadh | 0 1 |
| A5. | Buil | Phut Mamaidh Gobhar an gobhar beag a-mach às an uisge/Shàbhail Mamaidh Gobhar an gobhar beag. Bha an gobhar beag sàbhailte/a-mach às an uisge | 0 1 |
| A6. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha Mamaidh Gobhar toilichte/bha faochadh aice Bha faochadh aig a' ghobhar bheag /bha e air a dhòigh/toilichte/riarachte/cha robh an t-eagal air tuilleadh | 0 1 |
| <i>Eadar-sgeul 2: Sionnach (Caractaran na h-eadar-sgeòil: An sionnach is an gobhar beag)</i> | | | |
| A7. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Chunnaic an sionnach Mamaidh gobhar a' coimhead air falbh /gun robh an gobhar beag na aonar/mhothaich e gun robh biadh ann Bha an t-acras air an t-sionnach | 0 1 |
| A8. | Amas | Bha an sionnach ag iarraidh/airson an gobhar beag eile a ghlacadh/ithe/ a mharbhadh | 0 1 |
| A9. | Oidhirp | Leum an sionnach air adhart/suas Dh'fheuch an sionnach ris a' ghobhar bheag a ruigsinn/fhaighinn | 0 1 |
| A10. | Buil | Rug an sionnach air Ghlac an sionnach an gobhar beag | 0 1 |
| A11. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha an sionnach toilichte. Bha an t-eagal air a' ghobhar bheag | 0 1 |

¹⁶ Ma tha ceist ann mu fhreagairt, no mura h-eil freagairt a' phàiste air an duilleig, gheibhear fios san leabhar-làimhe.

¹⁷ Chan fhaighear puingeann sam bith airson freagairt a tha ceàrr no mura toir iad freagairt sam bith. Gheibh iad 1 phuing airson freagairt cheart, agus 2 phuing airson iomradh air an dà chuid àm agus àite.

| <i>Eadar-sgeul 3: Eun (Caractaran na h-eadar-sgeòil: Eun, Sionnach is Gobhar Beag)</i> | | | |
|--|---------------------------------|--|-----|
| A12. | BSI mar thoiseach tòiseachaidh | Chunnaic an t-eun gun robh an gobhar beag ann an cunnart Bha an gobhar beag ann an cunnart | 0 1 |
| A13. | Amas | Chuir an t-eun roimhe/bha an t-eun ag iarraidh an sionnach a stad/stad a chur air an t-sionnach /an gobhar a chuideachadh / a shàbhaladh/a dhion | 0 1 |
| A14. | Oidhirp | Bhìd an t-eun earball an t-sionnaich /aig an sionnach/thug an t-eun ionnsaigh air earball an t-sionnaich Chaidh an t-eun às dèidh an t-sionnaich. | 0 1 |
| A15. | Buil | Thug an t-eun ruaig air an t-sionnach Leig an sionnach an gobhar às/ruith an sionnach air falbh Chaidh an gobhar beag a shàbhaladh | 0 1 |
| A16. | BSI mar thoradh air na thachair | Bha an t-eun toilichte/air a dhòigh/moiteil às fhèin gun do shàbhail e an gobhar beag Bha an sionnach feargach/bha briseadh-dùil aige Bha an gobhar beag (na gobhair bheaga) toilichte/sàbhailte. Bha faochadh aca. | 0 1 |
| A17. | Sgòr iomlan a-mach à 17: | | |

B. Ioma-fhillteachd structarail

| Àireamh de shreathan Oidhirp/Buil (OB) | Àireamh de shreathan le Amas (A) singilte (às aonais O no B) | Àireamh de shreathan le Amas/Oidhirp (AO)/Amas/Buil (AB) | Àireamh de shreathan le Amas/Oidhirp/Buil (AOB) |
|--|--|--|---|
| B1. | B2. | B3. | B4. |
| | | | |

C. Briathrachas Staid-Inntinn (BSI)

| | |
|-----|--|
| C1. | <p>Àireamh de nithean BSI. Leithid:</p> <p>Faclan lèirsinneach m.e. a' faicinn, chunnaic, a' cluinntinn, chuala, a' faireachdainn, fàileadh;</p> <p>Faclan a' dèiligeadh ri beò-eòlais m.e., acrach, pathadh, sgìth, goirt;</p> <p>Faclan aigne: beò, na dhùisg, na chadal;</p> <p>Faclan a' dèiligeadh ri faireachdainn m.e. brònach, toilichte, sunndach, spòrsail, feargach, draghail, tàmailteach;</p> <p>Gnìomhairean inntinneil m.e. ag iarraidh, smaointinn, fios, dìochuimhneachadh, creidsinn, iongnadh, planadh;</p> <p>Gnìomhairean Cànanach/airson rudan a ràdh/innse m.e. can, gairm, èigh, toirt rabhadh, faighnich.</p> |
|-----|--|

Earrann II: Tuigse

| | | Eisimpleirean de fhreagairtean ceart | Eisimpleirean de fhreagairtean ceàrr | Sgòr |
|------------|--|---|--|--------|
| 0 | An do chòrd an sgeulachd riut? | Ceistean airson fàs cleachdte ris a' phròiseas, gun sgòr | | |
| D1. | Carson a bha Mamaidh gobhar anns an uisge? (<i>comharraich dealbh 1-2</i>) (Eadar-sgeòil 1: Amas/BSI mar thoiseach tòiseachaidh) | Airson an gobhar beag a chuideachadh / a shàbhaladh/tha dragh oirre mun ghobhar bheag. Tha an gobhar beag ann an cunnart/a' bàthadh/tha an t-eagal air/ag èigheach airson cuideachadh | Tha e a' snàmh/a' cluich /anns an uisge /ag iarraidh/airson e fhèin a nighe | 0 1 |
| D2. | Ciamar a tha an gobhar beag a' faireachdainn? (<i>comharraich an gobhar beag san uisge, dealbh 1</i>) (BSI mar thoiseach tòiseachaidh) | Dona/eagalach/ ann an cunnart/ air uabhasachadh | Math/ceart gu leòr/a' cluich/ air a lathadh/ air ùrachadh/ fuar/ acrach/am pathadh air/salach/ glan/gòrach | 0 1 |
| D3. | (<i>Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D2 gun mhìneachadh, faighnich D3. Ma tha mìneachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D2, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D3, agus leantainn air gu D4</i>) Carson a tha thu a' smaoinichadh gu bheil an gobhar beag a' faireachdainn dona / eagalach / ann an cunnart m.s.a.a? ¹⁸ | Air sgàth / leis gu bheil e air tuiteam dhan uisge/chan fhaigh e / cha tèid aige air faighinn às an t-uisge/ tha e a' dol fodha/cha tèid aige air snàmh | Leis gu bheil an t-acras air/ gu bheil e a' snàmh/a' cluich san uisge/cha robh cead aige seasamh an sin | 0 1 |
| D4. | Carson a tha an sionnach a' leum air adhart? (<i>comharraich dealbh 3</i>) (Eadar-sgeòil 2: Amas) | Airson/ag iarraidh an gobhar beag / a mharbhadh / fhaighinn / ithe Ghabh e an cothrom nuair nach robh Mamaidh gobhar a' coimhead/nuair a tha Mamaidh gobhar fad às | Airson cluich leis a' ghobhar bheag | 0 1 |
| D5. | Ciamar a tha an gobhar beag a' faireachdainn? (<i>comharraich dealbh 5-6</i>) | Dona/brònach/feargach/fi adhaich/ eagalach/ fhathast acrach/ air a ghoirteachadh/ gòrach/ briseadh dùil aige | Math/ceart gu leòr/toilichte/làn spòrs | 0 1 |

¹⁸ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D2.

| | | | | |
|------------|---|--|--|-----|
| | (BSI mar thoradh air na thachair) | | | |
| D6. | <i>(Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D5 gun mhìneachadh, faighnich D6. Ma tha mìneachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D5, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D6, agus leantainn air gu D7).</i> Carson a tha thu a' smaoinichadh gu bheil an sionnach a' faireachdainn dona / fhathast acrach/mosach m.s.a.a? ¹⁹ | Air sgàth 's nach d'fhuair an gobhar beag / bha an t-acras fhathast air/ eagalach/eagal aige ron eun/bha an t-eun ga bhìdeadh/a' dol às a dhèidh | Chunnaic e gun robh an gobhar ann an cunnart/an sionnach a' teicheadh /chan eil fios agam | 0 1 |
| D7. | Carson a bhìd an t-eun earball an t-sionnaich? <i>(comharraich dealbh 5)</i> (Eadar-sgeòil 3: Amas) | Air sgàth 's gu bheil / leis gu(n) do chuir e roimhe gun robh e airson an gobhar beag a shàbhaladh/airson an sionnach a stad /toirt air an t-sionnach a leigeil às/ chunnaic e gun robh an gobhar ann an cunnart | Airson an t-eun/an gobhar ithe/airson cluich leis a' ghobhar | 0 1 |
| D8. | Leig ort gu bheil an t-eun a' faicinn nan gobhar. Ciamar a tha an t-eun a' faireachdainn? <i>(comharraich dealbh 6).</i> (BSI mar thoradh air na thachair) | Math/ceart gu leòr/faochadh aige/riaraichte moiteil às fhèin/mar ghaisgeach | Dona/brònach/feargach/d uilich/gòrach/ "Feumaidh mi an sionnach fhaighinn" | 0 1 |
| D9. | <i>(Ma thèid freagairt cheart a thoirt seachad airson D8 gun mhìneachadh, faighnich D9. Ma tha mìneachadh a tha ceart air a thoirt seachad airson D8, bu chòir puing a thoirt dhaibh airson D9, agus leantainn air gu D10).</i> Carson a tha thu a' smaoinichadh gu bheil an t-eun a' faireachdainn math/ceart gu leòr/toilichte/ m.s.a.a? ²⁰ | Chuir e stad air an t-sionnach/fhuair e an sionnach a-mach à sin/shàbhail e an gobhar/ chì e gu bheil an gobhar toilichte/ nach deach a ghoirteachadh/cha thill an sionnach | Leis gu bheil gàire air/gu bheil e feargach leis an t-sionnach/airson an gobhar ithe e fhèin | 0 1 |

¹⁹ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D5.

²⁰ Cleachd an aon BSI a thug am pàiste seachad mar fhreagairt airson D8.

| | | | | | |
|-------------|--|---|---|---|---|
| D10. | Eadar an sionnach agus an t-eun cò 's fheàrr le Mamaidh Gobhair? Carson? | An t-eun – le co-dhiù aon adhbhar (m.e.shàbhail e an gobhar beag/chuir e ruaig air an t-sionnach) | An sionnach/Chan eil fios agam/adhbhar eile | 0 | 1 |
| D11. | Sgòr iomlan a-mach à 10: | | | | |

Ceistean Cùl-fhiosrachaidh

1. Ainm a' Phàiste (ciad ainm, dàrna ainm): _____

2. Ceann-là breith: _____

3. A bheil am pàiste agaibh an-dràsta anns an sgoil-àraich/sgoil tron là?

Tha, ann an sgoil-àraich.

Thòisich iad ann(s) _____

(mìos, bliadhna).

Ma tha iad ann an sgoil-àraich, dè an seòrsa?

Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig: ceangailte ri sgoil Ghàidhlig.

Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig: ceangailte ri sgoil far a bheil sruth/ionad foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig.

Aon-chànanach (Beurla a-mhàin).

Eile, dè seòrsa?
_____.

Tha, ann an sgoil.

Thòisich iad ann(s) _____

(mìos, bliadhna).

Ma tha iad anns an sgoil, dè an seòrsa?

Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig: sgoil Ghàidhlig.

Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig: sgoil far a bheil sruth/ionad foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig.

Aon-chànanach (Beurla a-mhàin).

Eile, dè an seòrsa?
_____.

Chan eil.

4. Dè an dùthaich san d'rugadh am pàiste agaibh?

Ann an Alba.

Ann am pàirt eile den RA:
Càite?

Ann an dùthaich eile:
Càite?

6. Am bi sibh a' bruidhinn Gàidhlig anns an dachaigh?

Bithidh

Cha bhi.

7. Dè an t-àite san teaghlach san d' rugadh am pàiste agaibh?

A' chiad phàiste (1^{ad}). An dàrna pàiste (2^{na}). An treas pàiste (3^{mh}). Àireamh eile _____

8. Dè an aois a bha am pàiste agaibh nuair a dh'abair e/i na ciad fhaclan aca?

_____ bliadhna(-ichean) _____ mìos(-an)

9. An robh a-riamh/a bheil draghan oirbh mu chànan ur pàiste?

Cha robh/chan eil.

Bha/tha. Innis carson: -

10. An robh/a bheil trioblaidean le cainnt (speech) no cànan (language) aig duine a tha càirdeach ri/ann an teaghlach a' phàiste?

Cha robh/chan eil.

Bha/tha. Innis cò: (m.e. màthair, athair, piuthar, bràthair, co-oghaichean).

11. An robh trioblaidean a-riamh aig do phàiste le claisneachd?

Ciorram Claisneachd
(Hearing Impairment)

Cha robh

Bha

Galaran Cluaise (Ear infections) a bha bitheanta:

Cha robh

Bha. Cia mhead uair: _____

Tha/Bha pìoban-cluaise (grommets) aca.

12. Nur beachd-sa, a bheil do phàiste a' cluinntinn mar bu chòir?

- Tha Chan eil

13. Fiosrachadh mu phàrantan a' phàiste:

| | Cainnt mhàthaireil | Dàrna Cànan (agus ìre) | Cànanan eile (agus ìre) | A bheil sibh a' bruidhinn/ag ionnsachadh/ a' cluinntinn/a' suathadh ri Gàidhlig? | Ìre de dh'fhoghlam | Dreuchd |
|-------------------|--------------------|------------------------|-------------------------|--|--------------------|---------|
| Màthair/ Pàrant 1 | | | | | | |
| Athair/ Pàrant 2 | | | | | | |

14. Dè an cànan a bhios tu a' bruidhinn ri do phàiste?

Màthair a' phàiste/Pàrant 1

- Cainnt mhàthaireil (C1). Sin _____
- Dàrna Cànan (C2). Sin _____
- An dà chuid a' chainnt mhàthaireil agus an dàrna cànan.
- Cànanan eile, innis dè am fear / an fheadhainn: _____

Athair a' phàiste/Pàrant 2

- Cainnt mhàthaireil (C1). Sin _____
- Dàrna Cànan (C2). Sin _____
- An dà chuid a' chainnt mhàthaireil agus an dàrna cànan.
- Cànanan eile, innis dè am fear / an fheadhainn: _____

15. Dè na cànanan a bhios am pàiste agad a' bruidhinn?

- A' chainnt mhàthaireil (C1). Sin: _____
- An dàrna cainnt (C2). Sin: _____
- Cànanan eile. 'S iad sin: _____

16. Dè na cànanan a bhios ur pàiste a' cluinntinn?

- A' chainnt mhàthaireil (C1). Sin: _____
- An dàrna cainnt (C2). Sin: _____
- Cànanan eile. 'S iad sin: _____

17. Cuin a thòisich ur pàiste a' cluinntinn Gàidhlig?

- Bhon latha a rugadh iad.
- Mus robh iad bliadhna a dh'aois.
- Eadar bliadhna ach ro 3 bliadhna a dh'aois.
- Eadar 3 bliadhna ach ro 5 bliadhna a dh'aois.
- Bho aois _____.

18. Am bi ur pàiste a' cluinntinn Gàidhlig...

- ...anns an sgoil-àraich / sgoil.
- ...air an telebhisean/air a' choimpiutar/ ann an leabhraichean.
- ...am measg charaidean.
- ... ann an àiteachan eile, innsibh càite. _____
- ...am measg am peathraichean/ bràithrean/pàrantan/ agus càirdean eile.

19. Dèanaibh tuairmse, ann an àireamh sa cheud (%), cho tric 's a tha ur pàiste a' cluinntinn/a' suathadh ri diofar chànanan gach latha (anns na gnìomhan làitheil gu lèir sa bheil iad an sàs)?

- | Gàidhlig | Beurla | Cànanan eile |
|----------------------------|----------------------------|----------------------------|
| <input type="radio"/> 25% | <input type="radio"/> 25% | <input type="radio"/> 25% |
| <input type="radio"/> 50% | <input type="radio"/> 50% | <input type="radio"/> 50% |
| <input type="radio"/> 75% | <input type="radio"/> 75% | <input type="radio"/> 75% |
| <input type="radio"/> 100% | <input type="radio"/> 100% | <input type="radio"/> 100% |

| | | | | | | | | |
|---|---|--------------------|-----------------------|------------------|------------------|--------------------|-----------------------|------------------|
| 20. Dèanaibh tuairmse air cho mhath 's a tha sgilean cànan ur pàiste, le bhith a' cur √ sa bhogsa iomchaidh. | Glè mhath. | Math | Ceart gu leòr | Dona | | | | |
| Dè cho math 's a tha ur pàiste <u>a' tuigsinn</u> Beurla? | | | | | | | | |
| Dè cho math 's a tha ur pàiste <u>a' tuigsinn</u> Gàidhlig? | | | | | | | | |
| Dè cho math 's a tha ur pàiste air a bhith <u>a' bruidhinn</u> Beurla? | | | | | | | | |
| Dè cho math 's a tha ur pàiste air a bhith <u>a' bruidhinn</u> Gàidhlig? | | | | | | | | |
| 21. Nur beachd-sa, dè an cànan as comasaiche sa bheil ur pàiste a' labhairt? | <input type="radio"/> Gàidhlig <input type="radio"/> Beurla <input type="radio"/> Cànan eile. Sin _____ | | | | | | | |
| 22. Nur beachd-sa, an fheàrr le ur pàiste aon chànan seach na cànanan eile? | <input type="radio"/> Chan fheàrr. <input type="radio"/> 'S fheàrr. 'S e sin: _____ | | | | | | | |
| 23. Innis dè cho tric 's a rinn ur pàiste na leanas sa mhìos a chaidh seachad... | Ann an Gàidhlig. | | | | Ann am Beurla. | | | |
| | Cha d' rinn idir | Dà thuras sa mhìos | Turas no dhà sa mhìos | Cha mhòr gach là | Cha d' rinn idir | Dà thuras sa mhìos | Turas no dhà sa mhìos | Cha mhòr gach là |
| Ag innse sgeulachdan. | | | | | | | | |
| A' leughadh leabhraichean. | | | | | | | | |
| Ag èisteachd ri òrain/a' seinn. | | | | | | | | |
| A' coimhead an telebhisean /DVDan/ prògraman air loidhne / a' cluich gheamaichean air a' choimpiutair. | | | | | | | | |

Sgrìobtaichean nan Sgeòil

Tha na sgrìobtaichean seo ann airson beachd a thoirt seachad mun fhrèam-obrach a chaidh a chleachdadh airson dòighean-aithris le mòr- agus meanbh-structaran co-shìnte a chruthachadh, agus stiùir a thoirt seachad airson còdadh agus anailis.

Tha comharrachadh air co-phàirtean structar nan sgeòil agus briathrachas staid inntinn anns na sgrìobtaichean gu h-ìosal, air a thoirt seachad mar a leanas:

Amas oidhirp buil briathrachas staid inntinn

Na h-Iseanan (Àireamh de dh'fhaclan: 200)

Dealbhan 1/2: Aon là, bha Mamaidh eun ann a *chunnaic* gun robh *an t-acras air* na h-iseanan aice. Sgèith i air falbh air sgàth 's gun robh i airson biadh a lorg air an son. *Chunnaic* cat *acrach* gun robh Mamaidh eun a' sgèith air falbh agus *le miamhail thuirte* e: "Mmmm, math, gu dè a tha mi a' faicinn an seo?"

Dealbhan 3/4: Thill Mamaidh Eun le boiteag mhòr dha na h-iseanan aice, ach *chan fhaca i* an cat. Bha i *toilichte* mun bhoiteig bhlasta dha na h-iseanan aice. Aig an aon àm, bha an cat *mosach a' sreap na craoibhe* air sgàth 's gun robh e airson isean a ghlacadh. Rug e air aon de na h-iseanan. Bha cù *treun* a' dol seachad a *chunnaic* gun robh na h-eòin ann am fìor chunnart. Chuir e roimhe an cat a stad agus na h-iseanan a shàbhaladh.

Dealbhan 5/6: "Fàg thusa na h-eòin" *thuirte* e ris a' chat. Agus an uair sin ghabh e grèim air earball a' chait, agus shlaod e sìos e. Leig an cat an t-isean às, agus chuir an cù ruaig air. Bha an cù *air a dhòigh* gun deach aige air na h-iseanan a shàbhaladh, agus bha an cat fhathast *acrach*.

Na Gobhair Bheaga (Àireamh de dh'fhaclan: 208)

Dealbhan 1/2: Aon là, bha Mamaidh gobhar ann a *chunnaic* gun do thuit an gobhar beag aice dhan uisge agus gun robh *an t-eagal air.* Leum i dhan uisge air sgàth 's gun robh i airson a shàbhaladh. *Chunnaic* sionnach *acrach* gun robh Mamaidh gobhar anns an uisge agus *a' dranndail* thuirte e: "Mmmm, math, gu dè a tha mi a' faicinn an seo air an fheur?"

Dealbhan 3/4: Phut Mamaidh gobhar an gobhar beag a-mach às an uisge ach *chan fhaca i* an sionnach. Bha i *toilichte* nach deach an gobhar beag aice a bhàthadh. Aig an aon àm, leum an sionnach *mosach* air adhart air sgàth 's gun robh e airson an gobhar beag eile a ghlacadh. Rug e air a' ghobhar bheag. *Chunnaic* eun *treun* a bha a' sgèith seachad gun robh an gobhar beag ann am fìor chunnart. Chuir e roimhe an sionnach a stad agus an gobhar beag a shàbhaladh.

Dealbhan 5/6: “Fàg thusa an gobhar beag” *thuirt* an t-eun ris an t-sionnach. Agus an uair sin sgèith e sìos agus bhìd e earball an t-sionnaich. Leig an sionnach às an gobhar agus chuir an t-eun ruaig air. Bha an t-eun *air a dhòigh* gun deach aige air an gobhar beag a shàbhaladh, agus bha an sionnach fhathast *acrach*.

An Cat (Àireamh de dh’fhaclan: 207)

Dealbhan 1/2: Aon là, bha cat *làn spòrs* ann a chunnaic dealan-dè buidhe na shuidhe air preas. Leum e air adhart air sgàth ’s gun robh e ag iarraidh a ghlacadh. Aig an aon àm, bha balach *toilichte* a’ tilleadh bho bhith ag iasgach le bucaid agus ball na làmhan. *Sheall* e air a’ chat a’ ruith às dèidh an dealain-dè.

Dealbhan 3/4: Sgèith an dealan-dè air falbh gu luath, agus thuit an cat dhan phreas. *Ghoirtich* e e fhèin agus bha e *feargach*. Chuir seo uimhir a *dh’eagal* air a’ bhalach, ’s gun do thuit am ball às a làimh. Nuair a *chunnaic* e am ball aige a’ rolaigeadh dhan uisge *dh’èigh* e “Obh Obh! Sin am ball agam air falbh!!” Bha e *brònach* agus ag iarraidh am ball aige fhaighinn air ais. Aig a’ cheart àm *mhothaich* an cat dha bucaid a’ bhalaich agus *smaoinich* e “Tha mise airson iasg fhaighinn”.

Dealbhan 5/6: Aig an aon àm, thoisich am balach a’ tarraing a’ bhall às an uisge leis an t-slat-iasgaich aige. *Cha do mhothaich* e gun d’ fhuair an cat grèim air iasg. Aig a’ cheann thall, bha an cat *air a dhòigh* gun robh iasg cho blasta aige agus bha am balach *toilichte* gun robh am ball aige air ais.

An Cù (Àireamh de dh’fhaclan: 207)

Dealbhan 1/2: Aon là, bha cù *làn spòrs* ann a *chunnaic* luch ghlas na suidhe ri taobh craoibh. Leum e air adhart, air sgàth ’s gun robh e ag iarraidh a ghlacadh. Aig an aon àm bha balach *toilichte* a’ tilleadh bho na bùithtean le бага agus balùn na làmhan. *Sheall* e air a’ chù a’ ruith às dèidh na luch.

Dealbhan 3/4: Theich an luch gu luath agus bhuail an cù a-steach dhan chraoibh. *Ghoirtich* e e fhèin agus bha e *feargach*. Chuir seo uimhir a *dh’eagal* air a’ bhalach ’s gun do dh’fhalbh am balùn às a làimh. Nuair a *chunnaic* e am balùn aige a’ sgèith dhan chraoibh *dh’èigh* e “Obh Obh! Sin am balùn agam air falbh!!” Bha e *brònach* agus ag iarraidh am balùn aige fhaighinn air ais. Aig a’ cheart àm, *mhothaich* an cù do na h-isbeanan ann am бага a’ bhalaich agus *smaoinich* e: “Tha mise airson isbean fhaighinn”

Dealbhan 5/6: Aig an aon àm, thoisich am balach a’ tarraing a’ bhalùn aige sìos bhon chraoibh. *Cha do mhothaich* e gun d’fhuair an cù greim air isbean. Aig a’

cheann thall, bha an cù *air a dhòigh* gun robh isbean cho blasta aige agus bha am balach *toilichte* gun robh am balùn aige air ais.